Fèisean nan Gàidheal

A' toirt ar dualchais do ar n-òigridh

Coinneamh den Bhòrd-Stiùiridh

Taigh-òsta Hydro Dhùn Bhlathain

Dihaoine 23 Sultain 2011 @ 2f

Fèisean nan Gàidheal
Taigh a' Mhill
Port-Rìgh
An t-Eilean Sgitheanach
IV51 9BZ

Fòn 01478 613355
Facs 01478 613399
Post-d brath@feisean.org
www.feisean.org



Fèisean nan Gàidheal

Coinneamh den Bhòrd Stiùiridh gu bhith air a cumail ann Taigh-òsta Hydro Dhùn Bhlathain aig 2f, Dihaoine 23 Sultain 2011

Clàr Chùisean

3.2011.01 CÙISEAN TÒISEACHAIDH

(a)	An làthair	
(b)	Leisgeulan	
(c)	Geàrr-chunntas na coinneimh mu dheireadh den Bhòrd	Airson Aontachaidh
(d)	Cùisean a' togail ceann	
(e)	Geàrr-chunntas na coinneimh mu dheireadh den Bhuidhinn Riaghlaidh	Airson Fiosrachaidh

3.2011.02 CÙISEAN LEASACHAIDH

(a)	Adhartas a-rèir Pròram-obrach Fèisean nan Gàidheal	Airson Fiosrachaidh agus Deasbaid
(b)	Blas 2011	Aithris airson Fiosrachaidh
(c)	Pròiseactan Dràma 2011-12: Fiosrachadh às ùire	Airson Deasbaid agus Aontachaidh
(d)	Dearbhadh air maoin Alba Chruthachail 2012-15	Airson Fiosrachaidh
(e)	Maoin Iomairt na Gàidhealtachd agus nan Eilean 2012-15	Airson Fiosrachaidh

3.2011.03 CÙISEAN IONMHASAIL

(a)	Teachd a-steach agus teachd a-mach 2011-12	Airson Fiosrachaidh agus Deasbaid
(b)	Suimean airgid anns a' bhanca agus fiosrachadh as ùire	Airson Fiosrachaidh
(c)	Tabhartasan nam Fèisean 2011-12	Airson Fiosrachaidh
(d)	Cunntasan Ràitheil gu 30 Ògmhios 2011	Airson Fiosrachaidh agus Deasbaid
(e)	Cunntasan Bliadhnail gu 31 Màrt 2011	Airson Aontachaidh
(f)	Ath-stèidheachadh Mann Judd Gordon mar luchd-sgrùdaidh 2011-12	Airson Aontachaidh

3.2011.04 CÙISEAN POILEASAIDH

(a)	A' cur an gnìomh ar Poileasaidh Gàidhlig: Plana Gnìomh agus Clàr-ama	Aithris airson Fiosrachaidh
(b)	Taghadh a' Bhùird Stiùiridh	Airson Deasbaid agus Aontachaidh

3.2011.05 CÙISEAN GNÌOMHAIL

(a)	Aithisgean Luchd-Obrach	Airson Fiosrachaidh agus Deasbaid
(b)	Aithisg Bhliadhnail 2011	Airson Fiosrachaidh
(c)	Clàr-ama na Coinneamh Bhliadhnail agus Co-labhairt	Airson Fiosrachaidh

3.2011.06 EILE

(a)	Ceann-latha na h-ath choinneamh	Airson Fiosrachaidh
(b)	Coinneamh den Bhuidhinn Riaghlaidh	Pàipearan tro phost-d a-mhàin

Fèisean nan Gàidheal

Geàrr-chunntas air coinneamh a' Bhùird Stiùiridh a chaidh a chumail ann an Oifisean Fèisean nan Gàidheal, Inbhir Nis, bho 2.30f air Diardaoin 26 An Cèitean 2011

2.2011.01 CÙISEAN TÒISEACHAIDH

(a) An Làthair

Catrìona Nic an t-Saoir (Cathraiche), Mairead Chamshron, Màiri Oakley, Fiona NicIain, Bernard Bell, Derek MacIllInnein, An Comhairliche Agnes Rennie (CnES), Arthur MacCarmaig (an làthair), Calum Ailig Mac a' Mhaoilein (an làthair), Anne Willoughby (an làthair), Moreen Pringle (an làthair), Cairistìona Nic an t-Saoir (an làthair - taisbeanadh), Dougie Beck (an làthair – taisbeanadh agus eadar-theangachadh); Aonghas MacLeòid (an làthair – eadar-theangachadh).

(b) Leisgeulan

Claire Bee, Katag NicNèill, Seònaid NicDhòmhnaill, Mòrag Anna NicLeòid (Comhairle na Gàidhealtachd), Ann Marie Reid (HIE)

(c) Geàrr-chunntas na coinneimh mu dheireadh de Bhòrd Stiùiridh Fèisean nan Gàidheal

Chaidh geàrr-chunntas bhon choinneimh a chaidh a chumail air 17 An Gearran 2011 a sgaoileadh. Mhol Màiri Oakley gum bu chòir gabhail ris mar chunntas fìrinneach den choinneimh, agus Fiona NicIain a' cur a taic rithe.

(d) Cùisean a thog ceann

Cha robh gin a chùisean a thog ceann bhon Gheàrr-chunntas.

(e) Geàrr-chunntas na coinneimh mu dheireadh den Bhuidhinn Riaghlaidh

Chaidh geàrr-chunntas na coinneimh a chaidh a chumail air a' fòn air 12 An Cèitean 2011 a sgaoileadh agus thugadh fa-near dha.

Dh'fhaighnich Agnes Rennie an robh an còrr fiosrachaidh ann mun Iomairt Ghàidhlig?

Thuirt Art MacCarmaig nach robh i air clàr-ghnothaich na coinneimh seach gun robhar fhathast a' cur crìoch air planaichean, ach mhìnich e gun d'fhuaras £15,000 bho Riaghaltas na h-Alba gus an iomairt a thòiseachadh.

Bha sinn cuideachd ag ùrachadh ar làrach-lìn gus am bi e nas fhasa a chleachdadh agus nas goireasaiche. Bidh fiosrachadh ann mu thachartasan nam Fèisean, cothroman ann Gàidhlig ionnsachadh, agus bidh abairtean is faclan Gàidhlig air an làrach agus cothrom aig luchd-tadhail an leughadh, èisteachd riutha agus ionnsachadh. Bhathar cuideachd a' cruthachadh App Fòn a bhiodh air fhighe a-steach don làrach-lìn a bheireadh cothrom do dhaoine air a h-uile meur den fhiosrachadh seo.

Bhathar cuideachd a' dealbh bùird a ghabhadh a chur nan seasamh air am biodh fiosrachadh mun Ghàidhlig. Thathar an dùil gun tèid na bùird seo a chur suas aig tachartasan Fèisean nan Gàidheal (Fèisean, Blas, Cèilidhean air Chuairt, msaa) air feadh na bliadhna. Thathar a' dol a dhèanamh bileag anns am bi fiosrachadh coitcheann mun Ghàidhlig agus thathar an dùil gum bi seo deiseil san Iuchar.

Bha a' Chomataidh air am misneachadh leis na planaichean seo agus bha iad den bheachd 's dòcha gum faodadh buidhnean Gàidhlig eile an cleachdadh. Thuirt Art gum faodadh buidhnean Gàidhlig na stuthan seo a chleachdadh aig na tachartasan acasan, agus cuideachd gum faodadh iad na stuthan aca fhèin a shealltainn aig na tachartasan againne.

2.2011.02 CÙISEAN LEASACHAIDH

(a) Adhartas a thaobh cur an gnìomh Pròram Obrach Fèisean nan Gàidheal

Chaidh geàrr-chunntas air adhartas, gu ruige seo, air cur an gnìomh Pròram Bliadhnail Fèisean nan Gàidheal a sgaoileadh agus thugadh fa-near dha.

Bha pròram ùr ann stèidhichte air cùmhnantan le HIE, Alba Chruthachail, Bòrd na Gàidhlig agus ùghdarrasan ionadail airson 2011-12.

Bha amas no dhà fhathast orains no dearg, seach gu bheil e fhathast cho tràth sa bhliadhna, ach bha Art MacCarmaig cinnteach gun deigheadh an coileanadh air feadh na bliadhna.

(b) Pròram airson Fèis Bhlais 2011

Chaidh aithisg a sgaoileadh le Art MacCarmaig a' toirt dealbh do bhuill air mar a bha a' dol do na planaichean airson Blas 2011. Chaidh Blas 2011 a chur air bhog gu h-oifigeil na bu thràithe air an latha. Ri linn taic a bharrachd bho Alba Chruthachail agus Eileanan na h-Alba, còmhla ris an taic bho Chomhairle na Gàidhealtachd, chaidh pròram tarraingeach de thachartasan a chur air dòigh.

Chaidh leabhranan Bhlais a chlò-bhualadh agus bhite gan sgaoileadh. Bha an làrach-lìn www.blas-festival.com beò agus bhathar a' reic pailteas thiogaidean aig an àm. Bhiodh tiogaidean rim faotainn aig prìs nas ìsle do dhaoine a cheannaicheadh iad tràth gu deireadh an Iuchair.

Tha Buill a' Bhùird a' faighinn £50.00 an duine airson tiogaidean Bhlais a cheannach.

Thug Buill a' Bhùird fa-near don phròram agus bha iad a' coimhead air adhart ri fèis shoirbheachail.

(c) Pròiseactan Dràma 2011-12: Taisbeanadh air Plana Gnìomh is Clàr-ama

Chaidh aithisg-mhìneachaidh ghoirid a sgaoileadh le Art MacCarmaig.

Am measg nam planaichean airson 2011-12 bha:

- Sgoil Shamhraidh Dràma
- Meanbh-chuileag, a' bhuidheann dràma-oideachaidh, air chuairt
- Taic do co-dhiù 80 bùth-obrach dràma Ghàidhlig
- A' cumail oirnn a' ruith sreath de dh'Fhèisean Dràma Ghàidhlig
- Pantomime mu àm na Nollaige

Thug Dougie Beck taisbeanadh seachad don Bhòrd le barrachd fiosrachaidh mu na pròiseactan, cò bhiodh ag obair orra agus cuin a bhiodh iad air an lìbhrigeadh.

Dh'aontaich am Bòrd ris a' Phlana Ghnìomh agus bha iad gu math toilichte leis an uiread de dhràma a bhathar an dùil a chur air dòigh air feadh na bliadhna.

Thugadh fa-near do mar a bhiodh an dealbh-chluiche mu dheireadh den Sgoil Shamhraidh air a shealltainn aig Sabhal Mòr Ostaig air 14 Iuchar. Dheigheadh e a chur air dòigh mar phàirt de chuirm còmhla ri òigridh bho Fhèis Alba.

Chaidh lethbhreac den taisbeanadh aig Dougie a sgaoileadh am measg buill a' Bhùird.

(d) Taic bho Alba Chruthachail 2012-15: An Ath Cheum

Chaidh aithisg le Art MacCarmaig a sgaoileadh am measg Buill a' Bhùird leis an fhiosrachadh as ùire mun ath-sgrùdadh a bha Alba Chruthachail a' dèanamh air na Buidhnean Stèidhichte aca. Chaidh Art, Calum Ailig agus Catrìona gu agallamh le riochdairean bho Alba Chruthachail air 25 An Gearran agus shoirbhich leotha le bhith a' dol air adhart chun an ath ìre. Chaidh coinneamh eile a chumail le Alba Chruthachail bhon uair sin, air 23 An Cèitean.

Thuirt Art gun robh Alba Chruthachail gu math taiceil do dh'Fhèisean nan Gàidheal agus bu

chòir gum bi sinn fhathast air aon de na Buidhnean Stèidhichte aca. Tha aca fhathast ri aontachadh dè an ìre de thaic a gheibh sinn, ach bu chòir fios a bhith againn air sin aig deireadh an Ògmhios/toiseach an Iuchair.

Chuir Buill a' Bhùird fàilte air an fhiosrachadh sin agus bha iad a' coimhead air adhart ri fios fhaighinn air a' cho-dhùnadh dheireannach.

(e) Taisbeanadh le Cairistìona Nic an t-Saoir, Oifigear Leasachaidh

Tha Cairistìona Nic an t-Saoir air a bhith na h-Oifigear Leasachaidh airson Earra-Ghàidheal agus sgìrean eile fad 9 bliadhna agus tha i an-dràsta a' toirt taic do naoi Fèisean - Fèis Arainn, Fèis Ceann Loch Goibhle, Fèis Cholla, Fèis Dhùn Bhreatain, Fèis Dhùn Omhainn, Fèis Ìle agus Dhùira, Fèis Latharna, Fèis Mhuile agus Fèis Thiriodh.

Thug Cairistìona taisbeanadh eirmseach seachad air a h-obair leis na Fèisean, an lùib a h-obrach tha taic do dhaoine le bhith a' togail airgid, a' cur iarrtasan maoineachaidh a-steach, a' lorg luchd-teagaisg, dearbhaidhean pearsanta msaa. Tha i cuideachd gu mòr an sàs ann an Fèis Dhràma Earra-Ghàidheal, a tha air a bhith a' dol fad còig bliadhna, agus tha i an sàs sna Cèilidhean air Chuairt san sgìre.

2.2011.03 CÙISEAN IONMHASAIL

(a) Aithisgean Ionmhasail

Chaidh aithisg a dheasaich am Manaidsear Gnìomha, Anna Willoughby, a sgaoileadh a bha a' sealltainn a' Bhuidseit a chaidh a mholadh airson teachd-a-steach agus cosgaisean bho agus gu Fèisean nan Gàidheal suas gu 31 am Màrt 2012, agus a' sealltainn nan suimeannan a fhuaras agus a chaidh a chosg suas gu 30 An Giblean 2011.

Bho chaidh an aithisg a dheasachadh, fhuaras tabhartasan bho Alba Chruthachail, HIE agus Bòrd na Gàidhlig.

Thug Buill a' Bhùird fa-near do na h-aithisgean agus ghabh iad ri buidseat 2011-12.

(b) Cunntasan Banca agus am fiosrachadh às ùire

Mar a bha na cunntasan aig an àm:

- Cunntas Làitheil: £4,709.55
- Cunntas Àrd-rèidh: £145,142.75
- Cunntas Bhlais: £508.95

(c) Tabhartasan a chaidh a ghealltainn do dh'Fhèisean ann an 2011/12

Chaidh liosta de thabhartasan a chaidh a ghealltainn do dh'Fhèisean ann an 2011-12, a dheasaich Anna Willoughby, a sgaoileadh, le suimeannan a chaidh a phàigheadh gu 30 An Giblean 2011.

Bha suimeannan nan tabhartasan do dh'Fhèisean air an cumail aig an aon ìre agus a bha iad an-uiridh.

Thug Buill a' Bhùird fa-near don aithisg.

(d) Cunntasan Riaghlaidh airson na ràithe gu 31 Màrt 2011

Chaidh Cunntasan Riaghlaidh airson na ràithe gu 31 Am Màrt 2011, a dheasaich Mann Judd Gordon, a sgaoileadh agus thugadh fa-near dhaibh. B' e an aon shùim a bha a dhìth fhathast, maoineachadh bho LEADER airson Blas, ach bha dùil gun tigeadh sin a-steach ann an ùine nach biodh fada.

Bhiodh Anndra Cuimeineach a' tadhal air Oifis Phort Rìgh aig deireadh an Ògmhios gus Sgrùdadh a dhèanamh air na cunntasan.

(e) Banca Dhail Chluaidh – Cothrom For-tharraing

Chaidh aithisg le Art MacCarmaig a sgaoileadh agus i a' sireadh aonta a' Bhùird gun gabhadh iad ri tairgse bho Bhanca Dhail Chluaidh Plc airson Cothrom For-tharraing.

Às dèidh beachdachadh gu faiceallach agus gu cùramach air riaghailtean na Litreach agus gach cùis eile a bha iomchaidh, **CHAIDH AONTACHADH**:

1. Gun cuireadh an Companaidh feum air na Cothroman uile a rèir nan riaghailtean is cùmhnantan a tha ainmichte san Litir Chothroman, agus seo gu buannachd a' Chompanaidh, agus chun na buannachd choimeirsealta as motha, agus e a' leantainn air le obair, agus gun gabhar ri agus gun aontaichear ri riaghailtean agus cùmhnantan na Litreach;
   agus

2. gun deigheadh an Litir Chothroman a làimhseachadh às leth a' Chompanaidh leis an Stiùiriche agus Rùnaire a' Chompanaidh ainmichte gu h-ìosal, agus tha cead aca cuideachd an làmh a chur ri na leanas às leth a' Chompanaidh: sgrìobhainnean eile, aontaidhean, teisteanasan, fiosan, brathan-conaltraidh no dearbhaidhean, nam measg atharraichean, eadar-dhealachaidhean, ùrachaidhean is leudachaidhean, a dh'fheumar a dhèanamh 's dòcha an lùib nan Cothroman, no na Litreach Chothroman.

Dhèilig Fiona NicIain (Rùnaire a' Chompanaidh) agus Catrìona Nic an t-Saoir (Cathraiche) ris an sgrìobhainn às leth a' Bhùird.

2.2011.04 CÙISEAN POILEASAIDH

(a) Cur an Gnìomh a' Phoileasaidh Ghàidhlig: Taisbeanadh mun Phlana Ghnìomh is Clàr-ama

Chaidh aithisg-mhìneachaidh ghoirid a sgaoileadh le Art MacCarmaig a' cur an cèill a' Phlana Ghnìomh gus Poileasaidh Gàidhlig Fèisean nan Gàidheal a chur an gnìomh.

'S iad na h-amasan sònraichte:

- A' leasachadh agus a' leudachadh nan cothroman air cànan is cultar na Gàidhlig tro bhith a' cur an gnìomh Poileasaidh Gàidhlig a chaidh a dheasachadh às ùr agus a neartachadh
- A' dèanamh cinnteach gu bheil a' Ghàidhlig na pàirt bunaiteach de gach Fèis, a rèir Poileasaidh Gàidhlig Fèisean nan Gàidheal
- A' leudachadh na h-àireimhe de dh'òigridh air a' Ghàidhealtachd a tha a' faighinn teagasg sa Ghàidhlig, gus am bi an àireamh nas motha na bha i aig an toiseach – 2,384
- A' cumail oirnn a' cur an gnìomh Poileasaidh Gàidhlig Fèisean nan Gàidheal tro sheirbheisean, a tha ar luchd-obrach a' tabhann, air am bi cothrom aig gach Fèis agus tro phròiseactan sònraichte mar as iomchaidh
- A' toirt taic do dh'Fhèisean leis an Sgioba-G againn gus tachartasan Gàidhlig a chur air dòigh
- A' toirt sùil às ùr gu cunbhalach air cur an gnìomh a' Phoileasaidh Ghàidhlig.

Thug Calum Ailig Mac a' Mhaoilein taisbeanadh seachad don Bhòrd le fiosrachadh air dè na ceumannan a dh'fheumas sinn a ghabhail gus ar n-amasan a choileanadh, cò bhios gan cur an sàs agus cuin a bhios iad air an coileanadh. Thèid lethbhreac den taisbeanadh a sgaoileadh am measg Buill a' Bhùird gus am bi clàr maireannach dheth aca.

Thug Buill a' Bhùird an làn-thaic dha agus ghabh iad ris a' Phlana Ghnìomh.

(b) Poileasaidh Obair Shaor-thoileach

Chaidh a mholadh aig Fèis Trèanaidh na bliadhna-sa gum bu chòir Poileasaidh Obair Shaor-thoileach a bhith aig Fèisean nan Gàidheal, agus dh'aontaich a' Bhuidheann Riaghlaidh gum bu chòir fear a stèidheachadh.

Chaidh aithisg le Art MacCarmaig a sgaoileadh còmhla ri dreach de Phoileasaidh Obair Shaor-thoileach, a dhealbh Iona NicDhòmhnaill.

Dh'aontaich Buill a' Bhùird gum biodh an leithid a phoileasaidh feumail, ach bha dragh orra 's dòcha gun robh a' chainnt caran 'foirmeil' agus 's math dh'fhaodte gun cailleamaid daoine, a bha 's dòcha am beachd obair dhuinn gu saor-thoileach, air sgàth sin. Chaidh aontachadh gun coinnicheadh Oifigearan Leasachaidh ris na Comataidhean ùra agus gum bruidhneadh iad riutha tro na dleastanasan aca ann an dòigh nach robh cho foirmeil, agus e na amas gun tuigeadh luchd saor-thoileach an t-sùim a bh' aig daoine dhaibh agus gun toireamaid taic is cuideachadh dhaibh ma bha duilgheadas no dragh sam bith aca. Chaidh aontachadh cuideachd gum biodh e feumail nam biodh na prìomh phuingean bhon a' Phoileasaidh rim faighinn air cairt, coltach ris a' Chairt Bhuidhe airson Dìon Chloinne, a dh'fhaodar a sgaoileadh am measg buill nan Comataidhean/luchd saor-thoileach.

2.2011.05 CÙISEAN GNÌOMHAIL

(a) Aithisgean Adhartais Luchd-obrach

Chaidh Aithisgean Adhartais bho luchd-obrach a sgaoileadh agus thug Buill a' Bhùird fa-near dhaibh. Thug an Cathraiche taing don luchd-obrach airson na h-obrach a tha iad a' dèanamh.

Thugadh fa-near dha mar a bha Calum MacConnail air fhastadh le Fèisean nan Gàidheal airson 10 seachdainean fo Sgeama Greis Gnìomhachais nan Oileanach aig CnaG.

(b) Oifigear Leasachaidh ann an Loch Abar

Dh'innis Art MacCarmaig gun robh Caomhain Rogers a' fàgail Fèisean nan Gàidheal. Chaidh sanasan a sgaoileadh mu obair agus chaidh agallamhan a chumail. B' i Maria NicAonghais a fhuair an obair agus bha còir aice tòiseachadh san dreuchd tràth san Ògmhios. Tha i a' fuireach ann an Glaschu an-dràsta ach bha i a' dol a ghluasad don Ghearasdan.

Seach gur e neach-ceuma a th' ann am Maria, bhathar a' coimhead feuch an gabhadh pàirt de a h-obair a mhaoineachadh fo Sgeama Ceumnachaidh Comann na Gàidhlig. Bhathar cuideachd a' coimhead air Sgeama Luchd-ceuma HIE cuideachd.

2.2011.06 EILE

(a) Ceann-latha an ath choinneimh

Chaidh aontachadh gun deigheadh an ath Choinneamh den Bhòrd Stiùiridh a chumail ann an Dùn Bhlàthain air 23 An t-Sultain (mar phàirt den Choinneimh Bhliadhnail/Co-labhairt Bhliadhnail).

(b) Coinneamh de Bhuidheann Riaghlaidh Fèisean nan Gàidheal

Chaidh pàipearan a sgaoileadh am measg Buill a' Bhùird air a' phost-d.

Fèisean nan Gàidheal

Minutes of the meeting of the Executive Group held on Wednesday 31 August 2011 from 10.00 am via telephone conference

EX3.2011.11 PRELIMINARIES

(a) Present

Catriona MacIntyre (Fèis Lochabair, Chair), Maggie Cameron (Fèis an Earraich, Vice-Chair), Fiona Johnston (Fèis Fhoirt, Secretary/Treasurer), Calum Alex MacMillan (Fèisean nan Gàidheal Development Manager), Arthur Cormack (Fèisean nan Gàidheal Chief Executive), Anne Willoughby (Fèisean nan Gàidheal Executive Manager), Moreen Pringle (Fèisean nan Gàidheal Business Officer)

(b) Apologies

Ann Marie Reid (Highlands & Islands Enterprise) and Morag Anna MacLeod (Highland Council), Ian Smith (Creative Scotland).

(c) Minutes of previous Executive Group meeting for approval

Minutes of the meeting held on 12 May 2011 had been circulated and were approved.

(d) Matters arising

There were no matters arising from the Minutes.

EX3.2011.02 PROJECT UPDATES

(a) Blas Festival (verbal - Arthur)

Plans for the forthcoming Blas Festival were all going well. There was due to be a lot of advertising in the press commencing the upcoming weekend. On top of that there has been widespread postering, email advertising, and Facebook advertising.

At present ticket sales through the box office are 30% up on last year (this is only online sales and does not take into account tickets sold locally via venues etc).

Press and Management Passes have now been issued.

Board Members are reminded that they have up to £50 each towards the purchase of tickets to attend Blas events and should claim this as expenses in the normal way

Arthur advised that Eddie Stiven was now unable to oversee the Glenelg Blas event and Maggie Cameron agreed to do this instead. Arthur would contact Maggie after the meeting to discuss what was required.

(b) Gaelic Training (verbal – Calum Alex)

Calum Alex advised that he had issued letters to tutors advising them on what courses were available, where, when etc. These letters had been sent to those tutors who are regularly tutoring at Fèisean. Responses from these tutors were due in by mid-September.

Iona MacDonald is also contacting some of our fluent tutors to see if they would be interested in undertaking training to become Ùlpan Tutors who could then use these skills to tutor others in Gaelic.

(c) Cèilidh Trails (verbal – Calum Alex)

Calum Alex advised that the Cèilidh Trails had been a great success with some good gigs and good audience feedback.

Representatives from the Argyll, Fèis Spe and Fèis Rois Cèilidh Trails would be coming together to perform at the Camanachd Cup Final on 17th September in Inverness.

The Cèilidh Trail groups would also be performing at various events throughout the Blas Festival.

In response to a concern about the lack of Gaelic content and its lack of use in introductions especially in the Lochaber Cèilidh Trail, Calum Alex agreed to ensure that there was more Gaelic language used at the Blas and Camanachd Cup events and also to take this on board for next year's Fèis Alba to ensure that it was impressed on the participants and co-ordinators that use of Gaelic was essential.

Anne advised that she was still waiting for the first payment of the LEADER funding (from Highland and Argyll) to come in. It was hoped to have this tied up by the end of September.

The funding for the Fèis Spe Cèilidh Trail is due to end next June (with funding for the other Cèilidh Trails ending in summer 2012). Efforts would need to be put into securing ongoing funding to ensure the Cèilidh Trails continue.

(d) Gaelic Awareness Campaign (verbal – Arthur)
Arthur had previously advised that we had been given £15,000 from the Scottish Government to get involved in a Gaelic Awareness Campaign.

He had been working on updating our website to make it easier to use etc.

Some of the other resources had now been finalised and copies of the leaflets had been circulated. These were generic leaflets so will be appropriate for use over the next few years. It is intended to have a leaflet stand at all Fèis events containing these and leaflets from other Gaelic organisations.

Pop-up Banners and phrase cards were also being produced.

The members agreed that the resources were good and should help raise the profile of the Gaelic language.

(e) Sgoil Shamhraidh and Gaelic Drama (verbal – Calum Alex)
Calum Alex reported on the Sgoil Shamhraidh and Gaelic Drama plans:

- Sgoil Shamhraidh had been a great success with 24 participants. All taking part had thoroughly enjoyed it and the final event in Sabhal Mor Ostaig had been well received. The level of Gaelic was also praised.
- Dougie was currently working with eight English Medium Schools carrying out six drama workshops with each.
- Angus is currently working with Skye and Lochalsh Gaelic medium schools providing eight workshops over the next few months to increase their drama skills etc.
- The possibility of employing Debbie MacKay to offer similar workshops in Gaelic medium schools in the Western Isles between now and Easter was being investigated.
- A two week tour by Meanbh-chuileag of English medium schools in Perthshire and Argyll was due to take place in November.
- Another MC tour in conjunction with Culloden Centre was planned for the Spring.
- Angus was currently working on a script for a Gaelic Medium tour in February.
- The Gaelic Panto would again be touring in December.

The Members were delighted to see so much drama activity taking place. It was agreed that all Fèisean should be encouraged to use Sgioba-G to increase the Gaelic content of their Fèisean. Fèisean nan Gàidheal would be looking for this in connection with expansion of the individual Fèisean's Gaelic Plans.

EX3.2011.03 FINANCIAL ISSUES
(a) Audited Accounts to 31 March 2011 (circulated - Anne)
Andy Cumming the Accountant had been over spending time with Anne at the end of June to tie up the Accounts.

The Audited Accounts has now been completed and would be available for signing off at the AGM.

(b) Management Accounts to 30 June (circulated - Anne)
The Consolidated management accounts to 30 June prepared by Mann Judd had been circulated. The total funds at 30 June were healthy.

(c) Income and Expenditure 2011-12 (circulated – Anne)
Details of Income and Expenditure to 12 August had been circulated.

(d) Bank Balances and up to date information (verbal - Anne)
The current bank balances were given as follows:
- £276.81 in the Current account
- £327,877.96 in the High Interest account
- £1.82 in the Blas account (money only transferred into this account as needed)

(3) Grants to Fèisean 2011-12 (circulated - Anne)
A report showing the grants awarded to Fèisean (and those paid out to date) had been circulated.
The first instalment of the grants due for the Summer Fèisean had been issued.
There was a slow uptake of the grants awarded for Annualised Hours and this would be investigated.

EX3.2011.04 STAFFING ISSUES
(a) Lochaber Development Officer (verbal – Arthur)
Arthur advised that Maria MacInnes had been appointed to this post and was settling in well.

She had met with all the Fèisean to introduce herself and get to know more about their activities etc. She was also introducing herself to all the schools in her area.

Maria was currently organising the teenage Fèis which was to take place in Lochaber in October.

EX3.2011.05 DEVELOPMENT ISSUES
(a) Bid to HIE 2012-15 (verbal - Arthur)
Arthur advised that he and Calum Alex had recently had a very positive meeting with Anne Marie Reid of HIE to discuss continued financial support for Fèisean nan Gàidheal from 2012-15.

Arthur was currently finalising a paper for submission to HIE outlining Fèisean nan Gàidheal's future plans based in HIE's priorities etc. This would be sent to HIE and eventually a proposal would go before HIE's Management Group.

It was hoped to know the outcome of our bid by the end of the year or early in the New Year.

Arthur would circulate a copy of the bid with the Board Meeting Papers.

EX3.2011.06 BOARD MEETINGS
(a) Agenda items for forthcoming Board meeting
As well as the usual Agenda items there would be:
- Audited Accounts
- 2010/11 Annual Report. Arthur advised that it had been decided to reduce the size of the Annual Report this year and put it into a newsletter format with other general information on our website instead of contained within the Report.
- Information on a proposed residential event planned for next year
- Blas Update
- Gaelic Awareness Campaign Update

(b) AGM Arrangements (verbal - Anne)
Anne advised that invitations to this year's AGM, which was taking place in Dunblane Hydro on 23/24 September, had been issued. Responses were slow in coming in - especially from the Fèisean in the central belt - and these would be chased up over the next few days.

Iona MacDonald was organising training in the Alexander Technique for the afternoon of 23rd September (while the Board Meeting is taking place) and would be offering a few places on this course to Fèisean.

The guest speaker at the AGM is Alasdair Allan MSP, Minister for Learning and Skills with responsibility for Gaelic who will address everyone on the Saturday around midday.

There were a few people in the Fèis Fhoirt area who Fiona Johnstone felt could be invited. It was agreed that she would give Anne their details and an invitation would be issued to them.

Anne also needed confirmation of who, from Fèis Fhoirt, would be performing on the Friday evening and if they were staying for the meal etc. Fiona would get back to Anne on this.

Fiona advised that Fèis Fhoirt were due to hold their Fèis on 24/25 September. There would be a ceilidh in Falkirk on the night of Saturday 24th September and anyone staying over that night were warmly invited to attend. Arthur requested Fiona forward details and this could be circulated to all attending.

(c) Board Elections (verbal – Arthur)
Arthur advised that, under current procedures, the following Board Members were due to leave the Board in September: Catriona MacIntyre, Maggie Cameron, Derek MacLennan, Katag MacNeil, Mairi Oakley and Claire Bee.

It was felt that losing six members of the Board at once would result in a loss of valuable skills and perhaps the term for the office bearers could be extended by up to two years to ensure continuity.

Arthur would prepare a paper for the Board outlining proposals on this matter.

EX3.2011.07 GENERAL
(a) AOCB (verbal)
No other items of business were raised.

(b) Date and venue of next meeting
The next meeting is to be held by phone conference on Tuesday 22 November 2011 at 10.00am

Fèisean nan Gàidheal

Adhartas a-rèir Pròram-obrach Fèisean nan Gàidheal

Àireamh air a' Chlàr Chùisean: 3.2011.02(a)

Adhbhar a' Phàipeir

Airson geàrr-iomradh a thoirt do bhuill a' Bhùird air na gnìomhan ann am pròram obrach na buidhne.

Bun Fhiosrachadh

Tha an aithisg seo a' dèanamh oidhirp air na taisbeanairean coileanaidh – no toraidhean – a ghabhail a-steach, suidhichte mu choinneamh ceumannan taobh a-staigh Plana Leasachaidh Fèisean nan Gàidheal (FnG) le Alba Chruthachail (AC), Iomairt na Gàidhealtachd agus nan Eilean (InG), Comhairle na Gàidhealtachd (CnG), Comhairle nan Eilean Siar (CnES), Comhairle Earra Ghàidheal agus Bòid (CEB) agus Bòrd na Gàidhlig (BnG) a thaobh cùmhnantan maoineachaidh fa leth leis na buidhnean sin.

Gus an aithisg a chumail sìmplidh tha sinn air siostam 'DOU' a chleachdadh – Dearg, Òmar & Uaine – agus tha inbhe gach aon dhiubh mar a leanas:
R (Dearg) = Chan eil air-slighe an-dràsta, agus chan eil ceumannan gus adhartas a ghleidheadh ann an àite fhathast. Cunnart gum faodar targaidean a chall; **Ò** (Òmar) = Chan eil air targaid an-dràsta, ach le ceumannan ann an àite gus adhartas a ghleidheadh; **G** (Uaine) = Air targaid.

Àir.	Dleastanas sa Phlana Leasachaidh	An Urra ri	Comharran Coileanaidh/Toraidhean	Adhartas	Ìre
1	**LÌBHRIGEADH SHEIRBHEISEAN**				
1.1	Seirbheisean	A h-uile duine	A' cumail oirnn a' toirt taic do agus a' leasachadh co-dhiù 40 Fèis fa leth, a' leudachadh nan raointean anns a bheil iad an sàs agus a' stèidheachadh sàr dhòighean obrach (AC)	Tha obair na buidhne gu lèir ag amas air an seo. Bidh sinn a' toirt taic ri 45 Fèisean ann an 2011-12 agus, ged a tha sgioba nas lugha againn, bidh sinn a' feuchainn ar dìcheall a h-uile càil lìbhrigeadh aig àrd ìre. An-uiridh dh'ùraich sinn poileasaidhean na buidhne airson deagh stiùireadh agus modhan-obrach a bhrosnachadh, agus bidh gan sgrùdadh gu cunbhalach.	**U**
			A' cumail a' dol le seirbheisean agus pròiseactan a lìbhrigeadh aig àrd ìre, le deagh stiùireadh agus deagh chleachdadh ann am modhan-obrach na buidhne (AC)		
			Plana a chur an gnìomh airson èifeachdas luach 3% de thaic-airgid Bhòrd na Gàidhlig (£3,750) a dhèanamh taobh a-staigh cosgaisean ruith na buidhne agus a thoirt gu leasachaidhean ùra mu choinneamh àrdachadh àireamh luchd-labhairt na Gàidhlig. (BnG)	Chaidh plana gu Bòrd na Gàidhlig air mar a ghabhadh seo a choileanadh.	**U**
1.2	Luchd-obrach	Ceannard/ Bòrd	A' cumail co-dhiù 15 obraichean Ionann is Làn-thìde ann an sgìre HIE (InG)	Tha 13 neach-obrach againn an-dràsta le 11.2 Ionann is Làn-thìde, ach le luchd-teagaisg is cunnradairean, bidh tòrr a bharrachd na 15 obraichean Ionann is Làn-thìde.	**U**
			£23,393 air a chleachdadh airson taic a chumail ri Oifigearan Leasachaidh agus cosgaisean ruith Fèisean	An dèidh airgead a thoirt do na Fèisean, tha an còrr a tha air fhàgail bho Chomhairle na Gàidhealtachd air a	

			nan Gàidheal (CnG)	chosg air a' bhuidhinn a ruith.	
		Manaidsear Leasachaidh	Taic air a thoirt ri co-dhiù dithis tro Sgeama Greis Gnìomhachais/Sgeama Luchd Ceasnachaidh CnaG (BnG)	Cha robh e comasach ach aon neach a thairgse dhuinn tron sgeama Greis Gnìomhachais agus chan eil sinn a' sùileachadh gun gabhadh taic a thoirt do chuideigin tron sgeama Luchd Ceumnachaidh.	U
		Ceannard/ Manaidsear Gnìomha	Poileasaidh pàighidh a dheasachadh airson airson 2011-12 agus air adhart, a tha a' toirt fa-near Poileasaidh Pàighidh Riaghaltas na h-Alba (BnG)	Tha Fèisean nan Gàidheal ag obair taobh a-staigh riaghailtean na roinne phoblaich a tha gu math coltach ri Poileasaidh Pàighidh an riaghaltais.	U
1.3	Sgeama Thabhartasan do dh'Fhèisean	Ceannard/ Manaidsear Gnìomha/ Oifigear Gnìomhachais	A' cumail oirnn le Sgeama Thabhartasan do dh'Fhèisean (AC)	Sgeama thabhartasan ann agus tabhartasan air an gealltainn airson 2011-12 agus gam buileachadh mar a chaidh aontachadh.	U
			Taic a chumail ri co-dhiù 40 Fèis tro sgeama maoineachaidh agus comhairle phractaigeach (BnG)	Tabhartasan air an tabhann do 45 Fèisean airson 2011-12.	
		Manaidsear Gnìomha	Taic do co-dhiù 30 Fèis air a' Ghàidhealtachd 's sna h-Eileanan gach bliadhna (InG)	Tabhartasan air an tabhann do 37 Fèisean ann an sgìre InG, le 23 ann an sgìrean dùbhlanach.	U
		Manaidsear Leasachaidh	A' cumail oirnn a' maoineachadh leasachaidhean ùra tro Mhaoin Leasachaidh nam Fèisean (AC)	Tha sinn air tagraidhean fhaighinn son na sgeama seo.	U
			Taic do thrì pròiseactan ùra, innleachdach gach bliadhna tro mhaoin leasachaidh airson Fèisean (InG)	Tha sinn mar thà air taic a thoirt do thrì pròiseactan.	
		Manaidsear Leasachaidh/ Oifigearan Leasachaidh	Tabhartasan taice do 19 Fèisean ann an sgìre Chomhairle na Gàidhealtachd (CnG)	Tabhartasan air an tabhann do 21 Fèisean ann an sgìre Chomhairle na Gàidhealtachd airson £119,191, le £25,634 bho mhaoin na comhairle.	U
			£24k air a roinn eadar 19 Fèisean (CnG)		
			Prògram ionnsachaidh loinneil ann an cèol traidiseanta a thabhann dhaibhsan a bhios ag iarraidh pàirt a ghabhail anns na Fèisean (CnG)	Tha sinn an dùil gur ann mar seo a bhios cùisean ach iarraidh sinn fiosrachadh bho chom-pàirteachan airson a dhaingneachadh.	U
			A' cumail an àireamh de dh'òigridh an-sàs anns na Fèisean agus ann an clasaichean aig co-dhiù 3,179 (CnG)	Tha sinn an dùil seo a choileanadh.	Ò
			Tabhartasan taice do dh'Fhèisean ann an sgìre Comhairle nan Eilean Siar (CnES)	Tabhartasan air an tabhann do 6 Fèisean ann an sgìre Chomhairle nan Eilean Siar.	U
			Tabhartasan taice do dh'Fhèisean ann an sgìre Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid (CEB)	Tabhartasan air an tabhann do 7 Fèisean ann an sgìre Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid.	U
1.4	A' toirt taic do luchd-obrach saor-thoileach	Oifigearan Leasachaidh	A' cumail oirnn le siùil taice ionmholta do dh'Fhèisean fa leth tro bhith a' togail air ar siostam le Oifigearan Leasachaidh, a bheir cothrom do dh'Fhèisean ionadail bruidhinn ri aon neach a dh'innseas mu sheirbheisean Fèisean nan Gàidheal (AC)	Chaidh gach ball den Sgioba Leasachaidh a chomharrachadh mar Phrìomh Oifigear airson grunn Fhèisean. Feumaidh iad obrachadh gu math cruaidh airson dèanamh cinnteach gum biodh an dàimh seo soirbheachail.	U
		Oifigear Trèanaidh & Poileasaidh/ Oifigearan Leasachaidh	A' cruthachadh phoileasaidhean a tha cho furasta 's as urrainn do luchd-obrach saor-thoileach a lìbhrigeadh.	Gach poileasaidh air ùrachadh ann an 2009-10 agus rim faotainn bhon làrach lìn sa Ghàidhlig agus sa Bheurla. Bidh iad fo sgrùdadh gu cunbhalach agus chaidh Poileasaidh ùr son saor-thoilich aontachadh leis a' Bhòrd-Stiùiridh.	U
				Tha Clàr Cunnartan ann agus cumaidh a' Bhuidheann Riaghlaidh sùil air le aithisg bhliadhnail a' dol mu	

				choinneimh a' Bhùird.	
		Manaidsear Gnìomha/ Oifigearan Leasachaidh/ Oifigear Trèanaidh & Poileasaidh	A' leantainn oirnn leis an sgeama airson Uairean Bliadhnail.	Uairean bliadhnail gan tairgse ann an 2011-12 mar phàirt den tairgse tabhartais, le prìomhachas aig Fèisean as fheàrr a rinn feum dhiubh roimhe.	**U**
				Cumaidh an Sgioba Leasachaidh orra ag obair gu dlùth ri luchd-obrach air am fastadh fon sgeama agus tha cùnnradh gun fheumadh dhaibh a dhol dhan Fhèis Trèanaidh.	
			Oifigear Leasachaidh air a chumail sna h-Eileanan Siar (CnES)	Jenna Chuimeineach ag obair làn-thìde le pàirt-mhaoineachadh bho Chomhairle nan Eilean Siar.	**U**
			Oifigear Leasachaidh air a chumail ann an sgìre Earra-Ghàidheal is Bhòid (CEB)	Cairistìona Nic an t-Saoir ag obair làn-thìde le pàirt-mhaoineachadh bho Chomhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid.	**U**
1.5	A' Cho-labhairt Bhliadhnail	Manaidsear Gnìomha/ Oifigear Gnothaichean/ Oifigear Trèanaidh	A' cumail Co-labhairt Bhliadhnail (AC)	Bidh co-labhairt 2011 air a cumail ann an Sruighlea air 23 agus 24 Sultain le Alasdair Allan BPA, Ministear airson Ionnsachadh agus Sgilean, air aoigheachd.	**U**
1.6	Àrachas	Manaidsear Gnìomha	Àrachas iomchaidh ann airson Fèisean nan Gàidheal, an luchd-obrach agus obair nam Fèisean.	Àth-sgrùdadh air poileasaidhean agus air an ùrachadh sa Ghearran 2011 le àrachas ùr iomchaidh.	**U**
1.7	Stòras Ionnstramaidean Ciùil	Oifigear Gnothaichean	A' toirt ionnstramaidean do dh'Fhèisean air iasad	A' leantainn air agus tha an t-seirbheis air a cleachdadh gu tric le Fèisean, tha ionnstramaidean air iasad a' mhòr-chuid den bhliadhna.	**U**
1.8	Teisteanasan Sgrùdaidh	Neach-tionail/ Manaidsear Gnìomha	Feumar teisteanas sgrùdaidh leasaichte a bhith aig gach neach-teagaisg is neach-obrach saor-thoileach aig na Fèisean.	Obair leantainneach aig Sandy Gray le sgrùdaidhean ùraichte gach 3 bliadhna fon sgeama ùr PVG.	**U**
				Feumaidh gach Fèis liosta luchd-teagaisg a chur a-steach mus fhaigh iad tabhartas. Thèid iad sin a sgrùdadh feuch a bheil aithisg sgrùdaichte aca uile.	
			A' cumail oirnn a' dèanamh cinnteach à sàr-mhathas a thaobh Dìon Chloinne taobh a-staigh an t-siostam ùr aig a' bhuidheann Teisteanas Sgrùdaidh Alba (AC)	Am poileasaidh air ùrachadh agus fo sgrùdadh fad an t-siubhail airson dèanamh cinnteach gu bheil a-rèir an t-siostam measaidh ùr PVG.	**U**
1.9	A' cumail Stòr-dàta Luchd-teagaisg nam Fèisean	Oifigear Gnothaichean	Am fiosrachadh as ùire ri fhaotainn daonnan.	Tha am fiosrachadh as ùire ri fhaotainn air stòr-dàta Fèisean nan Gàidheal.	**U**
1.10	A' leasachadh, a' sgaoileadh agus a' reic stuthan-foillsichte	Oifigear Gnothaichean	A' leantainn oirnn a' dèanamh as motha airgead as urrainnear bho reic stuthan-foillsichte	Tha sinn a' reic nas urrainn dhuinn tro Fhèisean, bhùithtean, m.s.a.a. Tha bùth air an làrach-lìn ùr aig http://www.feisean.org/	**U**
1.11	A' cur ri chèile agus a' sgaoileadh naidheachdan is fiosrachadh eile gu cunbhalach	Oifigear Gnothaichean/ Luchd-obrach uile		Tha *Faileas* air a chur ri chèile a-nis gu cunbhalach agus air a sgaoileadh gu dealanach a-mhàin gus airgead a chùmhnadh.	**U**
				Fiosrachadh mu gach cùis co-cheangailte ris na Fèisean air a sgaoileadh gu cunbhalach – cothroman maoineachaidh, naidheachdan VAN, naidheachdan SCVO, cothroman obrach, tachartasan m.s.a.a.	
1.12	Taic do dh'Fhèisean ùra	Manaidsear Leasachaidh	A' cruthachadh 2 Fhèis ùr sna Sgìrean Dùbhlanach aig InG (InG)	Ghabh sinn ri iarrtas ballrachd bho Fèis an Iar Thuath agus tha Fèis Thròdairnis air ath-stèidheachadh, a dhà dhiubh sin ann an Sgìrean Dùbhlanach.	**U**
			Taic a thoirt airson Fèisean ùr a stèidheachadh far a bheil coimhearsnachdan gan iarraidh agus ma bhios maoin ann dhaibh (AC)		

1.13	Taiceil do leasachadh nam Fèisean, no buidhnean de dh'Fhèisean a tha ag iarraidh a bhith nas neo-eisimeilich	Manaidsear Gnìomha/ Manaidsear Leasachaidh/ Oifigearan Leasachaidh	A' cumail oirnn a' toirt taic do phròiseactan Fèis fa leth mar obair leudachaidh an lùib Fèis Bharraigh agus Fèis Spè. (AC)	A' cumail oirnn a' toirt taic do dh'Fhèisean Loch Abar, Fèis Spè agus Fèis Bharraigh le seirbheisean iomchaidh.	**U**
1.14	Na Fèisean ag obair còmhla	Manaidsear Leasachaidh/ Oifigearan Leasachaidh		Tha maoin airson a' leigeil le Fèisean obrachadh còmhla a' tighinn bhon Mhaoin Leasachaidh. Bha Fèis Rois agus Fèis Eilean an Fhraoich ag obair còmhla air bùithtean-obrach. Bha grùn Fhèisean ag obair còmhla aig Fèis Alba agus air na Cèilidhean air Chuairt.	**U**
1.15	Pròg ram Trèanaidh Bliadhnail	Oifigear Trèanaidh & Poileasaidh/ Manaidsear Leasachaidh	A' toirt trèanadh do 30 fèis sa bhliadhna agus do co-dhiù 75 luchd-teagaisg agus luchd-eagrachaidh nam Fèisean coimhearsnachd (InG)	Tha sinn an dùil gun gabhadh na h-àireamhan sin an coileanadh tro thrèanadh ann an Gàidhlig, Ìrean 1, 2 agus 3 airson luchd-teagaisg sa Ghearran 2012 agus Fèis Trèanaidh sa Mhàrt 2012.	**U**
				Tha trèanadh luchd-obrach a' leantainn air mar a dh'fheumar, agus bidh co-dhìu 3 seiseanan againn rè na bhliadhna. Bha dà latha trèanaidh ann còmhla ri luchd-obrach Fhèis Rois san Lùnastal.	**U**
				Tha seiseanan inntrigidh do neach-obrach ùr, no ball ùr, sam bith mu obair na buidhne.	
				Tha Moreen Pringle air a bhith air a' chùrsa Ùlpan nuair bhios e a' ruith.	
1.16	A' cruthachadh Lìonra	Ceannard/ Manaidsear Leasachaidh	A' leudachadh, nuair a ghabhas a dhèanamh, Leudachadh cothroman com-pàirteachaidh le buidhnean ealain agus buidhnean Gàidhlig eile, cho math ri buidhnean poblach, agus cumail a' dol co-obrachadh le buidhnean stèidhichte, a' gabhail a-steach Fòram Chiùil Traidiseanta na h-Alba. (AC).	Cumaidh sinn ar ballrachd air, agus a' cur ri obair an Fhòram Chiùil Traidiseanta. Tha còmhraidhean air a bhith againn le Alba Chruthachail a thaobh cur an-gnìomh na h-aithisg air Ealain Thraidiseanta.	**U**
				Tha sinn air taic a chumail ris a' bhuidhinn ealain ATLAS san Eilean Sgitheanach le goireasan oifis. Tha sinn a' toirt taic do dh'Iomairt Ghàidhlig an Eilean Sgitheanaich agus Comann nam Pàrant gu h-ionadail. Tha luchd-obrach eile a' toirt taic do na h-Iomairtean Gàidhlig far a bheil iad stèidhichte. Bidh Tobar an Dualchais le goireasan oifis ann an Inbhir Nis.	
			Ag obair ann an co-bhonn ri buidheann-stiùiridh Ro-innleachd nan Ealan Ghàidhlig agus oifigear Ealain na Gàidhlig gus Ro-innleachd nan Ealan Ghàidhlig ùrachadh agus adhartachadh (BnG).	Bidh sinn a' gabhail pàirt ann am buidheann stiùiridh nan Ealan Ghàidhlig, nuair a thèid iarraidh oirnn, agus a' frithealadh choinneamhan nam buidhnean Gàidhlig air an cur air dòigh le Bòrd na Gàidhlig.	
				Bidh Ceannard Fèisean nan Gàidheal an sàs anns a' chùrsa air Ceòl Traidiseanta is Gàidhlig aig SMO bho àm gu àm, mar a bhios an t-Oifigear Trèanaidh.	
		An luchd-obrach	Ag obair ann an co-bhonn ri buidhnean Gàidhlig eile, comhairlean ionadail, riochdairean coimhearsnachd agus Bòrd na Gàidhlig gus Iomairtean Gàidhlig a leudachadh agus prìomh amasan *Ginealach Ùr na Gàidhlig* a chur an gnìomh. (BnG)	Tha sinn a' cumail taic ris na h-Iomairtean ann an sgìrean far a bheil luchd-obrach againn no far a bheil Fèisean a' tachairt. Faodaidh iad feum a dhèanamh de ghoireas sam bith a th' againn agus tha sinn an dùil gun gabhadh 500 uair de thaic bhon luchd-obrach a choileanadh. Tha sinn air a bhith an-sàs ann am	**U**

				planaichean airson Iomairtean anns an Eilean Sgitheanach, ann an Loch Abar agus Inbhis Nis. Tha sinn a' cumail seisean Cofaidh is Còmhradh san oifis againn ann am Port Rìgh gach Dimàirt. Tha sinn air obrachadh còmhla ri Àrd-sgoil Phort Righ ann a bhith a' cruthachadh irisean dhaibh cho math ri meanbh-fhèis a chumail do na sgoileran uile ann an S1 a tha a' dèanamh Gàidhlig aig deireadh Iuchar 2011.	
1.17	A' tagradh	An luchd-obrach/ An Ceannard ga stiùireadh	Ann an co-bhuinn ri Alba Chruthachail, Iomairt na Gàidhealtachd 's nan Eilean agus Bòrd na Gàidhlig, bidh FnG a' leantainn orra a' cur gu mòr ri leasachadh ceòl traidiseanta agus nan ealain Gàidhlig ann an Alba (AC).	Bidh sinn a' cur seachad tòrr ùine air obair tagraidh agus thèid seo a leudachadh ri linn suidheachadh an ionmhais san fharsaingeachd. Bidh sinn gu tric a' cur freagairtean gu co-chomhairlean a bheireadh buaidh air ar n-obair, no far am faodadh buaidh a bhith againn air poileasaidh.	U
1.18	Ceanglaichean Eadar-nàiseanta	Ceannard/ Manaidsear Leasachaidh/Oifigear Trèanaidh agus Poileasaidh	A' togail air ìomhaigh nam Fèisean ann an obair eadar-nàiseanta mar Celtic Neighbours far a bheil com-pàirteachas againn le Èirinn agus a' Chuimrigh. (AC)	Tha ceanglaichean leantainneach againn ri Celtic Colours tron fhèis Bhlas. Tha ceanglaichean le Èireann tro thursan aig Fèisean agus Cuairtean Cèilidh. Bidh sinn an-sàs sa phròiseact Celtic Neighbours agus ann am pròiseact sam bith eile a thig nar rathad tron bhliadhna.	U
1.19	Sanasachd is Margaideachd	Ceannard/ Oifigear Gnothaichean	A' togail air ìomhaigh nam Fèisean sna meadhanan, le co-dhiù dusan sgeulachd naidheachd ionadail / roinneil, agus trì sgeulachdan naidheachd nàiseanta, agus aon sgeulachd mhòr a bhios air a sgaoileadh feadh Bhreatainn gach bliadhna (InG)	Bidh tòrr sgeulachdan naidheachd a' nochdadh mu ar deidhinn, agus bithear a' cruinneachadh agus a' tasgadh nan sgeulachdan sin gu cunbhalach. Bidh sinn a' dèanamh oidhirp barrachd sgeulachdan a chruthachadh mu phròiseactan sònraichte, m.e. Blas, Cèilidhean air Chuairt agus an Sgoil Shamhraidh Dhràma.	U
			A' lorg barrachd obair chom-pàirt leis an roinn choimeirsealta agus seo a' togail air an urrasachd a fhuair Blas, agus cuideachd ag amas air barrachd bathar nam Fèisean a reic (AC).	Bidh cuireadh air a thoirt do chompanaidhean a dh'fhaodadh taic a thoirt seachad uair sam bith a bhios tachartas freagarrach againn.	U
				Tha stuthan ri fhaighinn tron bhùth air loidhne againn aig www.feisean.org ach tha cothroman ann barrachd a dhèanamh le seo.	Ò
			A' dèanamh cinnteach gm faigh Comhairle na Gàidhealtachd aithne ann an stuthan foillsichte sam bith agus gun tèid suaicheantas na Comhairle a chleachdadh air bileagan, postairean, brataichean, ann an sanasan naidheachd, làraich-lìn agus ann an teachdaireachdan aig bonn phost-d. (CnG)	Bidh suaicheantas na Comhairle, agus na suaicheantais aig Alba Chruthachail, Iomairt na Gàidhealtachd agus nan Eilean agus Bòrd na Gàidhlig a' nochdadh air gach nì a bhios sinn a' foillseachadh. Cumaidh seo a' dol.	U
			Lethbhreac de shanasan naidheachd agus sanasan tachartasan air fad a chur air adhart gu mygaelic.com agus Bòrd na Gàidhlig. (BnG)	Bidh sinn a' cur sanasan naidheachd dhan sgioba aig mygaelic.com agus do Bhòrd na Gàidhlig gu cunbhalach.	U
1.20	An Làrach-lìn agus TFC	Oifigear Gnothaichean/ Gach neach-obrach mar as iomchaidh		Làrach ùr beò aig www.feisean.org, www.blas-festival.com agus www.feisceilidhtrails.org.	U
				Chaidh prìomh làraich Fèisean nan Gàidheal ath chruthachadh agus a thoirt air falbh bho Sitekit airson	

				airgead a shàbhaladh agus airson ùrachaidhean a dhèanamh na b' fhasa. Tha earrannan ùr air a' brosnachadh ionnsachadh na Gàidhlig.	
2	**LEASACHAIDHEAN ÙRA**				
2.1	Ag ullachadh Poileasaidh Gàidhlig do dh'Fhèisean nan Gàidheal, a thèid a ghabhail os làimh le ballrachd na buidhne	Manaidsear Leasachaidh/ Oifigearan Leasachaidh	A' leasachadh agus leudachadh chothroman air cànan agus cultar na Gàidhlig tro lìbhrigeadh Poileasaidh Gàidhlig. (AC)	Thathar a' cumail air a' cur planaichean Gàidhlig a-steach gu Fèisean nan Gàidheal le ùrachaidhean gach bliadhna, agus mar phàirt den choinneimh mheasaidh gach bliadhna, bruidhinnear mu chùisean Gàidhlig le gach Fèis. Bidh seisean aig a' cho-labhairt bhliadhnail mu leudachadh cleachdadh na Gàidhlig aig na Fèisean.	**U**
			A' dèanamh cinnteach gu bheil a' Ghàidhlig na pàirt cudromach do gach Fèis, a-rèir poileasaidh Gàidhlig Fhèisean nan Gàidheal (CnG)	Chaidh aontachadh ri Poileasaidh Gàidhlig ùr a chaidh a sgaoileadh gu gach Fèis, le stiùireadh na chois. Feumaidh Oifigearan Leasachaidh a-nise dèanamh cinnteach gun tèid a chur an gnìomh. Bheir an sgioba Gàidhlig againn an taic as motha as urrainn dhaibh gus barrachd chleachdaidh a bhrosnachadh.	**U**
			An àireamh chloinne a tha a' faighinn oideachadh ann an Gàidhlig àrdachadh bho 2,384. (CnG)	Tha sinn an dùil gan gabhadh na h-àireamhan seo a ruighinn mar a thèid am poileasaidh a chur an gnìomh.	**Ò**
2.2	A' cruthachadh Sgioba Leasachaidh Gàidhlig	Manaidsear Leasachaidh/ Oifigearan Leasachaidh	Leantainn le bhith a' cur Poileasaidh Gàidhlig Fèisean nan Gàidheal an gnìomh agus seirbheis taic Gàidhlig a thoirt seachad do na fèisean air fad tro luchd-obrach agus pròiseactan sònraichte a-rèir an iarrtais. (BnG)	A' dèanamh cinnteach gu bheil gach Fèis a' cleachdadh stuthan gu tur dà-chànanach, agus seo na chùmhnant den tabhartas. Thèid bruidhinn air an seo còmhla ri gach Fèis aig na coinneamhan measaidh ach feumar prìomhachas a thoirt dhan Ghàidhlig.	**U**
			A' cumail taic ri Fèisean le obair Ghàidhlig a' dèanamh feum den Sgioba-G.	Tha an Sgioba-G againn a' cumail orra a' cuideachadh Fèisean le bhith cur an gnìomh a' Phoileasaidh Ghàidhlig, tro phrògraman obrach mu choinneimh feumalachdan dhaoine, nuair a dh'iarrar, ag amas air togail air ìre bhuntaiteach, agus cleachdadh na Gàidhlig.	
2.3	A' cruthachadh shiùil gus am Poileasaidh Gàidhlig a chur an gnìomh taobh a-staigh Fèisean nan Gàidheal.	Manaidsear Leasachaidh/ Oifigearan Leasachaidh/ Oifigear Trèanaidh & Poileasaidh	Measadh cunbhalach ga dhèanamh air adhartas mu choinneamh poileasaidh Gàidhlig na buidhne a chur an gnìomh. (BnG)	Chaidh rannsachadh a dhèanamh a-measg luchd-teagaisg nam fèisean airson toiseach tòiseachaidh air an fhiosrachadh seo a thional agus slat-tomhais a thoirt dhuinn air soirbheas na h-iomairt. Chaidh aontachadh ri Plana Gnìomh fa leth leis a' bhòrd-stiùiridh sa Chèitean agus tha sinn ga chur an gnìomh a-rèir a' chlàr-ama.	**U**
Area representation will be maintained, on a proportional basis, with the following being the breakdown:
- 2 from the Western Isles
- 4 from The Highland Council area
- 1 from the Argyll & Bute Council area
- 3 from other areas in which Fèisean take place

Where the normal election procedure, detailed below, fails to fill a place in any given area, the Board may co-opt a member from the Fèisean in that area to fill the vacant place. Where that is not possible, however, a member from a Fèis in another area may take up the vacant place on the Board, or the Board may elect to leave the place vacant until the following round of elections.

The remit
- A full role description is available at Appendix 1.
- Those Fèis representatives offering themselves for election should be a committee member active in the running of Fèis activities in their area, and must have their application endorsed by their local Fèis. Employees of Fèisean and those employed through the Annualised Hours scheme should not offer themselves for election to avoid potential conflicts of interest.
- There will be approximately 4 Board meetings per annum, including one at the time of the AGM. Board members will be required to commit time to attending those meetings.
- The Chair, Vice Chair, Secretary and Treasurer will be required to commit at least another 4 days to attend meetings of the Executive Group, which is explained hereafter.
- Soon after election, Board members will be offered an introductory session and will be made fully aware of their responsibilities as Directors of a company limited by guarantee and Trustees of a charity, as well as the work of the organisation.
- All elected Board members will have a vote. Observers from funding bodies, while they may take part fully in Board discussion, will not be entitled to vote.

Term of Office
- Ordinary Board members will be appointed for a 3-year term.
- Where a member takes up the office of Chair, Vice Chair (if deemed necessary), Secretary or Treasurer during their term, they may normally serve for a maximum 3-year term in that post irrespective of when, within their normal 3-year term, they take up office.
- Members will, at the Board meeting each year immediately prior to the organisation's AGM, elect from their number a Chair, Vice Chair (if deemed necessary), Secretary and Treasurer for a period of 3 years, subject to the 6 year normal maximum period a member may serve.
- After serving a 3-year term, ordinary Board members will not be eligible for re-nomination as a Director for election for 12 months.

- After serving a 6-year term, Office Bearers will not normally be eligible for re-nomination for election as a Director for 12 months.
- In exceptional circumstances, for instance where the normal rotation of Board members requires to be restored, an extension of one year may be afforded to Office Bearers only, where this avoids more than one third standing down from the Board at the one time.

The election procedure

The election procedures will be as follows:

- Those required to stand down from the Board at the end of their term will be notified.
- The number of vacancies on the Board will be advertised throughout the Fèis movement, through communication with all Fèis committee members and, if timing allows, an article in our newsletter.
- Interested parties will receive the role description.
- Each nominee will submit an application which may, if desired, include 100 words of background information – a personal statement – outlining their interest and what they think they could bring to the Board - which will be included in the election ballot papers.
- After the closing date for nominations, ballot papers will be drawn up outlining information on each candidate, which Fèis they are being nominated by, and their personal statement.
- All Fèisean will be sent the ballot papers, and the election will be carried out by post, with each Fèis having a number of votes equivalent to the number of vacancies in any one year.
- The members elected to serve on the Board will be those who gain the highest number of votes to fill the available places.
- In the event of a tie after the election, there should be a further vote by the Board members, to decide which candidate would serve on the Board.
- An independent scrutineer will oversee the election and vote counting and will verify the result.

Executive Group

- In addition to the Board, there will be an Executive Group that will meet quarterly to go over, in detail, company business and financial arrangements and monitoring.
- The group will meet at least a fortnight before each full Board meeting, and the business of the meeting will be minuted and included with the papers for the following full Board meeting.
- The full papers for Executive Group meetings will be sent to all Board members by e-mail prior to the following full Board meeting.
- The membership of the Executive Group will consist of the Chair, Vice Chair (if elected), Secretary and Treasurer, or other members as appointed by the Board, who would have a vote. The Chief Executive, Development Manager and Executive Manager will attend in a non-voting, advisory capacity.
- Those people appointed to the Executive Group will be required to commit approximately 4 more days than ordinary Board members, to the work of the organisation.

Other points

- Board members may occasionally hold meetings without an invitation being extended to observers.
- Arts & Business Board member training, or a suitable equivalent, will take place on a rolling basis to ensure that all Board members benefit from this.
- Suitable financial management and other relevant training will be available to Board members with the costs being borne by Fèisean nan Gàidheal.

Arthur Cormack | CEO | September 2011

Appendix 1: Role Description for Board Members

1 AIMS & OBJECTIVES OF FÈISEAN NAN GÀIDHEAL

The aim of Fèisean nan Gàidheal is to support opportunities for new generations to access Gaelic language and cultural skills development in communities across Scotland, as an important part of our nation's vibrant and inclusive cultural identity.

Objectives

1. Provide support to strengthen the work of community led Fèisean across Scotland, promoting equality of access, safe working practices and community cohesion.
2. Provide support across the Fèis movement to support the learning and usage of the Gaelic language, and to work with partners in the delivery of the National Plan for Gaelic.
3. To work in partnership with the statutory education sector to provide Scotland's young people with greater access to Gaelic language and culture as an important part of personal skills development, cultural identity and citizenship.
4. To work within the context of local and national policies to assist partners in the delivery of high quality public services, through contracts and service level agreements.
5. To develop and support training opportunities within the Fèis movement in support of personal skills development and the strengthening of Scotland's cultural infrastructure.
6. To act as an advocate for the Fèis movement, Gaelic language and culture and Scottish cultural identity by creating and maintaining links between Fèisean, other organisations and international partners.

2 MAIN DUTIES OF BOARD MEMBERS

Fèisean nan Gàidheal is a company limited by guarantee, an a registered Scottish Charity. It is a membership organisation with a geographic spread covering most of the Scottish islands and mainland. Board members are drawn from the committees of member Fèisean, but a proportion may be elected from outwith the Fèis movement by open advertisement. The following points should be considered when seeking election to the Board.

2.1 Competence in spoken Gaelic is desirable as all Board meetings are held in Gaelic, although simultaneous translation is provided.

2.2 Support for the aims of Fèisean nan Gàidheal is essential.

2.3 Board Members are expected to contribute a degree of expertise, experience and commitment to the workings of the organisation. They should be constructive, and competent to decide policy, monitor implementation and to monitor the finances of the organisation.

2.4 The ability to devote time to the organisation is essential. Board members will be expected to attend 4 board meetings per year, and to be fully prepared to take an active part in these meetings. All members are expected to take an interest in the work of the organisation as a whole.

2.5 Members who miss three consecutive meetings will automatically be removed as a Director.

2.6 The Chair, Vice Chair, Secretary and Treasurer will be elected from within the Board normally for a maximum of 3 years and they will be expected to attend additional meetings as part of an Executive Group.

2.6 The term of appointment is for 3 years unless a member takes up the office of Chair, Vice Chair, Secretary or Treasurer during their term. In that case, a normal maximum 3-year term would apply to that office irrespective of when, within their normal 3-year term, such office is taken up. However, the maximum time any member may serve continuously on the Board is 6 years, unless under exceptional circumstances detailed in the agreed Procedure for the Election of Board Members.

2.7 Remuneration: The appointment is unpaid, but reasonable travel, subsistence and other agreed expenses will be reimbursed.

2.8 Standards of Conduct: Members are required to observe Best Practice conventions for Board Members, notably impartiality, discretion, value for money, accountability and openness.

2.9 Public Relations: Members are expected to act as ambassadors on behalf of Fèisean nan Gàidheal and their individual member Fèisean.

Fèisean nan Gàidheal 2011

Fèisean nan Gàidheal

Aithisgean Luchd-obrach

Agenda Item: 3.2011.05(a)

Ainm	**Calum Ailig MacMhaoilain**
Dreuchd	**Manaidsear Leasachaidh**

Gnìomh/Toradh

Adhartas

1.1 A' cumail oirnn a' toirt taic do agus a' leasachadh co-dhiù 40 Fèis fa leth, a' leudachadh nan raointean anns a bheil iad an sàs agus a' stèidheachadh sàr dhòighean obrach (AC)

Tha an taic seo a' leantainn le taic bho tri oifigearan leasachaidh agus aon àrd-oifigear leasachaidh. Bidh mi a' cumail taic cunbhalach don sgioba leasachaidh air fad agus dhan stiùireadh mar a bhios iomchaidh.

Bidh mi cuideachd a' cumail taic ri ceithir Fèisean.

- Tha Fèis Dhuneideann air a bhith trang le clasaichean leantainneach tro teirm na sgoile.
- Tha Fèis Fhoirt a' cumail clasaichean leantainneach tron bhliadhna agus bidh iad a' cumail fèis fad deireadh sheachdain air an 24/25 Sultain. Bho chionn goirid chuir Fèis Fhoirt pròiseact pìleat ri chèile mar toiseach tòiseachaidh air Ceilidh air Chuairt a steidheachadh. Bidh na 'Seiseanan Samhraidh a' ruith gu deireadh an t-Sultain.
- Tha Fèis Ghallaibh a cruinneachadh gu tric airson bùthan-obrach seinn is obair bhuidhne. Bidh iad a' cumail 4 làithean Fèise tron bhliadhna, an ath dhiubh seo air 17 Sultain
- Cha deach Fèis Obar Dheathain a chumail na bu thràithe air a bhliadhna ach tha comataidh ùr aca 's iad an dòchas Fèis a' chuir air dòigh sa Ghearran 2012.

1.2 Taic air a thoirt ri co-dhiù dithis tro Sgeama Greis Gnìomhachais/Sgeama Luchd Ceasnachaidh CnaG (BnG)

Thug sinn taic son sgeama greis gnìomhachais a-rithist am bliadhna le bhith fastadh Calum MacConnail airson 10 seachdainean. Cha robh e comasach do CnaG na Gàidhlig barrachd air aon oileanach a thabhann dhuinn am bliadhna.

1.3 A' cumail oirnn a' maoineachadh leasachaidhean ùra tro Mhaoin Leasachaidh nam Fèisean (AC)

Bho chionn goirid chum sinn taic ri dà phroiseact ùra. Thug sinn seachad taic-airigd do Fhèis Fhoirt gus cuideachadh leis am pròiseact Pileat aca 'Seiseanan Samhraidh'. Fhauir Fèis Arainn taic gus clasaichean a' ruith agus clàradh a dhèanamh.

1.4 A' cumail oirnn le siùil taice ionmholta do dh'Fhèisean fa leth tro bhith a' togail air ar siostam le Oifigearan Leasachaidh, a bheir cothrom do dh'Fhèisean ionadail bruidhinn ri aon neach a dh'innseas mu sheirbheisean Fèisean nan Gàidheal (AC)

Tha na h-oifigearan leasachaidh ag obair gu dlùth le na Fèisean aca, a' cumail dlùth cheangal riutha le conaltradh cunbhalach a' tabhann taic dhaibh air gach ni anns a bheil iad an sàs.

1.4 Oifigear Leasachaidh air a chumail sna h-Eileanan Siar (CnES)

Le taic bho Comhairle nan Eilean Siar tha sinn a' cumail oifiegar ann an dreuchd san sgire seo.

1.4 Oifigear Leasachaidh air a chumail ann an sgìre Earra-Ghàidheal is Bhòid (CEB)

Le taic bho Comhaile Earra-Ghaidheal is Bhoid tha sinn a' cumail oifigear an dreuchd an seo.

1.11 A' cur ri chèile agus a' sgaoileadh naidheachdan is fiosrachadh eile gu cunbhalach

Thathas a' dèanamh oidhirp gus brathan-naidheachd agus fiosrachadh mu thachartasan Fèisean agus Fèisean nan Gàidheal a' sgaoileadh gu tric, air post-d a' cleachdadh an stòr-data farsaing a th'againn, cuairt-litir gach ràithe, a' cleachdadh na meadhanan ionadail agus Gàidhlig agus lìonraidhean sòisealta

1.12 A' cruthachadh 2 Fhèis ùr sna Sgìrean Dùbhlanach aig InG (InG)

Chaidh Fèis an Iar Thuath a' steidheachadh an uiridh ann an Sgobhairidh agus tha iad air tachartasan soirbheachail a chumail bhon uairsin. Tha ùidh a' nochdadh bho Chanaigh Fèis a' steidheachadh ann an 2012.

1.12 Taic a thoirt airson Fèisean ùr a stèidheachadh far a bheil coimhearsnachdan gan iarraidh agus ma bhios maoin ann dhaibh (AC)

Tha ùidh cuideachd air nochdadh bho Comhairle Siorrachd Inbhir Air a' Tuath Fèis a' steidheachadh. Thathas a' bruidhinn riutha an-dràsta air na beachdan a th'aca.

1.14 Na Fèisean ag obair còmhla

Tha cuid mhath dha na Fèisean ag obair còmhla air diofar phròiseactan agus tha barrachd conaltradh a' dol air adhart eadar Fèisean. Tha na Ceilidhean air Chuairt a' toirt Fèisean còmhla tron Shamhraidh aig tachartasan agus aig cothroman trèanaidh. Tha na Fèisean ann an Loch Abar a' tighinn còmhla anns an Damhair gus Fèis Deugairean a ruith.

1.15 Pròg ram Trèanaidh Bliadhnail

Tha sinn an-dràsta an sàs ann iomairt gus trèanadh Gàidhlig a thoirt seachad do luchd-0teagaisg nam Fèisean gus am bi sinn cinnteach gu bheil co-dhiù beagan Gàidhlig aig a h-uile neach a bhios teagaisg aig Fèis. Tha sinn a' toirt orra an cùrsa a tha freagarrach dhaibh pèin a thaghadh agus tha sinn a' tabhann sgeama Bursaraidhean cuibhrichte

1.16 A' cruthachadh Lìonra

Tha mi a' coinneachadh tric le na buidhnean Gàidhlig agus gu h-airidh na buidhnean a tha an sàs anns na h Iomairtean Gàidhlig. Aig toiseach an t-Sultain bha mi a' riochdachadh Fèisean nan Gàidheal aig co-labhairt SAME, Fòram a tha dèiligeadh ri Cèol ann am foghlam. Còmhla ris a' cheannard bidh sinn a' riochdachadh Fèisean nan Gàidheal aig coinneamhan a tha buntainn ris na h-ealain mar a bhios iomchaidh.

2.1 A' dèanamh cinnteach gu bheil a' Ghàidhlig na pàirt cudromach do gach Fèis, a-rèir poileasaidh Gàidhlig Fhèisean nan Gàidheal (CnG)

Tha na Fèisean a' faighinn taic agus brosnachadh bho Fèisean nan Gàidheal agus gu h-airidh na h-oifigearan leasachaidh aca planaichean Gàidhlig fa-leth a dhealbhadh aig ìre a tha freagarrach agus a' tha ag amas air leasachadh leantainneach. Bidh mi a' toirt seachad òraid ghoirid aig a' cho-labhairt bhliadhna air am poileasaidh Gàidhlig, leasachadh sgilean Gàidhlig nan luchd-teagaisg agus dealbhadh planaichean Gàidhlig.

2.2 Leantainn le bhith a' cur Poileasaidh Gàidhlig Fèisean nan Gàidheal an gnìomh agus seirbheis taic Gàidhlig a thoirt seachad do na fèisean air fad tro luchd-obrach agus pròiseactan sònraichte a-rèir an iarrtais. (BnG)

Tha sinn a' toirt taic do na Fèisean ann an diofar dhòighean gus Poileasaidh Gàidhlig na buidhne a chuir an gnìomh. Gheibh iad taic le eadar-theangachadh, cur-seachadan Gàidhlig, taghadh luchd-teagaisg agus tha Sgioba-G ann gus cuideachadh a thoirt fhad sa tha tachartasan a' gabhail àite. Tha a sgioba-obrach a' toirt taic le iarrtasan maoineachaidh son pròiseactan tro mheadhan na Gàidhlig a chuir air dòigh m.e. Fèis Phìobaireachd le Fèis na h-Òige.

2.2 A' cumail taic ri Fèisean le obair Ghàidhlig a' dèanamh feum den Sgioba-G.

Tha an Sgioba-G air a bhith meadhanach trang thar an t-samhraidh a' toirt taic do chuid de na Fèisean a bha a' gabhail àite tron shamhraidh. Bidh iad a' tadhail air Fèis Fhoirt, Fèis a' Bhaile agus Fèis Spè anns na seachdainean a tha romhainn ag obair air measgachadh de chuir seachadan mar filmaichean goirid, dràma, ealain ceisteachain agus tòrr rudan spòrsail eile.

2.3 Measadh cunbhalach ga dhèanamh air adhartas mu choinneamh poileasaidh Gàidhlig na buidhne a chur an gnìomh. (BnG).

Bidh sinn ag iarraidh air Fèisean leigeil fhaicinn dhuinn an adhartas a tha iad a dèanamh a thaobh seo nuair a tha iad a' lìonadh na tabhartasan aca. Am bliadhna tha sinn ag iarraidh gun cuir iad plana Gàidhlig slàn a-staigh thugainn a' sealltainn an ìre de dh'obair a tha iad a dèanamh mu choinneamh am Poileasaidh Gàidhlig agus mar a tha iad a' dol a leasachadh agus leudachadh seo.

2.4 Tachartasan teaghlaich aig Fèisean a chur air dòigh airson neartachadh cleachdadh na Gàidhlig. (AC)

Bha clasaichean Ulpan a' ruith fhad sa bha Fèis Eilean an Fhraoich a' ruith san Iuchar, agus tha sin am beachd gun gabhadh seo a dhèanamh aig tuilleadh Fèisean. Fhuair Fèis Lochabair taic airgid gus tachartas teaghlaich a' ruith 's bi Maria ag obair còmhla ri buidhnean a tha an sàs ann an Iomairt Lochabair gus seo a chuir air dòigh.

2.4 Tachartasan teaghlaich aig Fèisean a chur air dòigh airson neartachadh cleachdadh na Gàidhlig. (AC)

Bha clasaichean Ulpan a' ruith fhad sa bha Fèis Eilean an Fhraoich a' ruith san Iuchar, agus tha sin am beachd gun gabhadh seo a dhèanamh aig tuilleadh Fèisean. Fhuair Fèis Lochabair taic airgid gus tachartas teaghlaich a' ruith 's bi Maria ag obair còmhla ri buidhnean a tha an sàs ann an Iomairt Lochabair gus seo a chuir air dòigh.

2.8 Ag obair ann an co-bhonn ri oifigearan Bòrd na Gàidhlig agus Alba Chruthachail gus Ro-innleachd nan Ealain Gàidhlig a chur an gnìomh tro obair làitheil Fèisean nan Gàidheal. (BnG)

Tha sinn a' cumail taic ri ro-innleachd nàiseanta nan Ealain Gàidhlig. Tha conaltradh tric ga chumail eadar an oifigear agus leam fhìn 's gu h-airidh le Fèisean nan Gàidheal. Tha mi an dùil coinneachadh ris an oifigear anns na beagan seachdainean a tha romhainn.

2.10 A' togail air soirbheas ann an 2010, a' cumail a dol le barrachd taic do sgrìobhadh òrain ùra ann an Gàidhlig. (AC)

Tha sinn a brosnachadh daoine òga aig gach cothrom òrain ùra a sgrìobhadh. Rinn Blàr Dubhghlas bùthan-obrach a-rithist aig Fèis Alba agus chòrd seo ri na com-pàirtichean.

2.13 Fèis dheugairean tro mheadhan na Gàidhlig a chur air dòigh aig àm tron bhliadhna (AC)

Bidh sinn a' ruith tachartas tro mheadhan na Gàidhlig do dheugairean san Earrach 2012. Bidh sinn a' toirt ceòl, cultair agus cleachdaidhean a-staigh air an seachdain còmhnaidh seo, agus obraichean mar croitearachd, iasgach, agus an Clò Hearach.

3.6 Ma bhios maoin ann, taic a chumail ri Blas a chumail a' dol (AC)

Tha Fèis Blas 2011 a' ruith eadar 9 agus 17 Sultain. Thèid 35 consartan a chumail ann an tallaichean coimhearsnachd agus àitean-ciùil air feadh na Gàidhealtachd. Bidh program sgoile ann le còrr is 40 bùth-obrach.

Bidh cuid de na luchd-ciùil Gàidhlig is ainmeil a' nochdadh rè na Fèise, agus cuid de na còmhlain is luchd ciùil traidiseanta as fheàrr air an t-saoghail nam measg; Julie Fowlis le coimisean ùra 'Heisgeir', Kathleen NicAonghais, Còmhlain Karen Nic Mhathain, Cherish the Ladies, Mànran,. Outside Track a bharrachd air na Cèilidhean air Chuairt agus com-pàirtichean òga bho Fèis a' Bhaile agus Fèis na h-Òige.

Bidh an Fhèis ag obair ann an com-pàirteachas le Comann na Camanachd am bliadhna le Cuairt Deireannach Cupa na Camanachd a;' gabhail àite air an latha mu dheireadh den fhèis. Bidh com-pàirtichean bho na Ceilidh air Chuairt a' toirt seachad taisbeanaidhean tron latha ann an teanta ri taobh Pàirc a' Bhucht ann an Inbhir Nis far am bi an geama a' gabhail àite.

Bha sinn cuideachd fortanach maoineachaidh fhaighinn air a bhliadhna seo bho stòras a' tha comharrachadh Bliadhna nan Eileanan Albannach. Mar phàirt dhan a seo bidh sreath de chèilidhean Gàidhealach le seinneadairean Gàidhlig a' gabhail àite rè na Fèise, coimisean ùra 'Heisgeir' bho Julia Fowlis agus bidh 'Hallaig' cuirm stèidhichte air obraichean Somhairle MhicIlleathain mar phàirt den phròg ram.

Ainm	**Anna Willoughby**
Dreuchd	**Manaidsear Gnìomha**

Gnìomh/Toradh

Adhartas

1.1 A' cumail oirnn a' toirt taic do agus a' leasachadh co-dhiù 40 Fèis fa leth, a' leudachadh nan raointean anns a bheil iad an sàs agus a' stèidheachadh sàr dhòighean obrach (AC)

Aithisg air adhartas an seo

Tha obair na buidhne gu lèir ag amas air an seo. Bidh sinn a' toirt taic ri tuilleadh is 40 Fèis ann an 2011-12 agus, ged a tha sgioba nas lugha againn, bidh sinn a' feuchainn ar dìcheall a h-uile càil lìbhrigeadh aig àrd ìre. Tha obair na buidhne gu lèir ag amas air an seo, tha uallach orm airson smachd a chumail air an airgid agus siostaman ionmhais air fad aig Fèisean nan Gàidheal agus Blas. Tha mi toirt stiùir a thoirt don Oifigear Trèanaidh, Oifigear Dìon Cloinne agus Oifigear Ghnothaichean bho latha gu latha agus luchd obrach eile mar a tha iomchaidh.

Air na mìosan a chaidh seachad:

Bha sin a cumail sùil gheur air gnothaichean ceangailte ri ionmhais gu deireadh nam bliadhna, 31 Am Màrt 2011. Bha mi ag obair gu dlùth còmhla ri Andy Cumming airson cunntasan bliadhnail agus ràitheil a cuir air dòigh. Aig deireadh nam bliadhna bha £47,498.04 ri tighinn a-staigh agus tha mhòr chuid a-staigh a-nis.
Tharraing mi a-steach £30,697.67 airgead bliadhnail bho Iomairt na Gaidhealtachd gu deireadh an t-Og-mhìos 2011, agus tha £3,686.20 an suim mo deireadh airson na bliadhna ionmhais 10/11 a-staigh cuideachd.
Chuidich mi Nicola Simpson ri £25,698.48 airgead LEADER+ fhaighinn a-staigh.

Chur sin foirm-tagraidh a-staigh airson £3,861.00 airgead Leader+ Earra Ghàidheal cuideachd.

Airgead na bliadhna sa:
Tharraing mi airgead £23,696.50 a-steach bho Comhairle na Gàidhealtachd.
Fhuair sin £152,500.00, airgead a chiad tri mìosan, £30,000.oo airgead an darna trì miosan, stèidhichte air teach a-steach agus teachd a-mach, bho Alba Cruthachail.
£31,250 x 2 airgead ràitheil bho Bòrd na Gàidhlig.

Bho latha gu latha tha mi:
Toirt taic-airgid le bhith pàigheadh a-mach tabhartasan gu cunbhalach do na Fèisean.
Airgead air a pàigheadh a-mach airson pròiseactan eadar-dhealaichte mar, Blas, YMIS, msaa gu cunbhalach.
Toirt taic do Fèisean a thaobh sgeama tuarastail.
Aithisgean ionmhais ullachadh airson coinneimh a' Bhùird.
Pàipearan ionmhais ullachadh airson coinneimh den Bhuidhinn Ghnìomh.

1.1 A' cumail a' dol le seirbheisean agus pròiseactan a lìbhrigeadh aig àrd ìre, le deagh stiùireadh agus deagh chleachdadh ann am modhan-obrach na buidhne (AC)
An-uiridh dh'ùraich sinn poileasaidhean na buidhne airson deagh stiùireadh agus modhan-obrach a bhrosnachadh, agus bidh gan sgrùdadh gu cunbhalach.

1.1 Plana a chur an gnìomh airson èifeachdas luach 3% de thaic-airgid Bhòrd na Gàidhlig (£3,750) a dhèanamh taobh a-staigh cosgaisean ruith na buidhne agus a thoirt gu leasachaidhean ùra mu choinneamh àrdachadh àireamh luchd-labhairt na Gàidhlig. (BnG)
Tha sinn dòchasach gun gabhadh a choileanadh, tha sinn air sablaidhean mòra a dhèanamh air cosgaisean fon agus postachd.

1.2 Poileasaidh pàighidh a dheasachadh airson airson 2011-12 agus air adhart, a tha a' toirt fa-near Poileasaidh Pàighidh Riaghaltas na h-Alba (BnG)
Tha Fèisean nan Gàidheal ag obair taobh a-staigh riaghailtean na roinne phoblaich a tha gu math faisg air Poileasaidh Pàighidh an riaghaltais

1.3 A' cumail oirnn le Sgeama Thabhartasan do dh'Fhèisean (AC)
Sgeama thabhartasan ann agus tabhartasan air an gealltainn airson 2011-12 agus gam buileachadh mar a chaidh aontachadh.

1.3 Taic a chumail ri co-dhiù 40 Fèis tro sgeama maoineachaidh agus comhairle phractaigeach (BnG)
Tabhartasan air an tabhann do 44 Fèisean airson 2011-12. Tabhartasan air an tabhann do 44 Fèisean (36 ann an sgìre IGE) le 21 ann an sgìrean dubhlanach, pàigheadh a-mach £216,761.50 an rèir aontachaidhean. A chuir a-mach cuid mhath den airgid a tha air a thabhann, £79,705.00 do sgeama tabhartasan nam Fèisean do 27 Fèisean.

1.3 Taic do co-dhiù 30 Fèis air a' Ghàidhealtachd 's sna h-Eileanan gach bliadhna (InG)
Tabhartasan air an tabhann do 37 Fèisean ann an sgìre InG, le 23 ann an sgìrean dùbhlanach.

1.4 A' leantainn oirnn leis an sgeama airson Uairean Bliadhnail.
2135 Uaireannan stèidhichte air an tabhann airson 2011-12 mar phàirt de thairgse tabhartais, le prìomhachas aig Fèisean as fheàrr a tha a'dèananh feum de na h-uairean. Tha an Sgioba Leasachaidh cumail orra ag obair gu dlùth ri luchd-obrachd air am fastadh 2011-12.Uairean bliadhnail gan tairgse ann an 2011-12 mar phàirt den tairgse tabhartais, le prìomhachas aig Fèisean as fheàrr a rinn feum dhubh roimhe. Cumaidh an Sgioba Leasachaidh orra ag obair gu dlùth ri luchd-obrach air am fastadh fon sgeama agus tha cùnnradh gun fheumadh dhaibh a dhol dhan Fhèis Trèanaidh.

1.4 Oifigear Leasachaidh air a chumail sna h-Eileanan Siar (CnES)
Jenna Chuimeineach ag obair làn-thìde le pàirt-mhaoineachadh bho Chomhairle nan Eilean, £6000 a-staigh am bliadhna.

1.4 Oifigear Leasachaidh air a chumail ann an sgìre Earra-Ghàidheal is Bhòid (CEB)
Cairistìona Nic an t-Saoir ag obair làn-thìde le pàirt-mhaoineachadh bho Chomhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid.

1.5 A' cumail Co-labhairt Bhliadhnail (AC)

Bidh co-labhairt 2011 air a cumail ann an Sruighlea air 23 agus 24 Sultain. Tha pròg ram ga chur air dòigh agus cuireadhean air a dol a-mach. Tha planaichean an ghnìomh airson Co-labhairt Bhliadhnail agus tha sin air Taigh-òsta Dunblane Hydro a' ghlèidheadh. Tha Alasdair Allan BPA na òraideach aig an Cho-labhairt.

1.6 Àrachas iomchaidh ann airson Fèisean nan Gàidheal, an luchd-obrach agus obair nam Fèisean.

Àth-sgrùdadh air poileasaidhean agus air an ùrachadh sa Ghearran 2011 le àrachas ùr iomchaidh. Poileasaidh air ath-bhreithneachadh agus air ùrachadh an dràsta. Chaidh còmhdach a leudachadh agus suimean le àrachas àrdachadh mar a bha iomchaidh an uiridh. Tha FnG ag iarraidh air an luchd-obrach a bhith cleachdadh àrachas ghnìomhachais ma tha iad a cleachdadh an carbad aca fhèin airson siubhal.

1.8 Feumar teisteanas sgrùdaidh leasaichte a bhith aig gach neach-teagaisg is neach-obrach saor-thoileach aig na Fèisean.

Obair leantainneach aig Sandy Gray le sgrùdaidhean ùraichte gach 3 bliadhna fon sgeama ùr PVG. Feumaidh gach Fèis liosta luchd-teagaisg a chur a-steach mus fhaigh iad tabhartas. Thèid iad sin a sgrùdadh feuch a bheil aithisg sgrùdaichte aca uile. Tha seo à' dol air adhart mar iarrtas tha measadh Disclosure air atharrachadh gu Sgeama Dìon Buidhnean So-leònte (Sgeama PVG) bho 28 An Gearran.
Tha cosgaisean air à' dhol suas airson teisteanas ùr bho £23.00 gu £59.00 agus airson teisteanas ùrachadh gu £18.00. Tha sin air suimean anns am buidseat 2011/12 àrdachadh.

1.8 A' cumail oirnn a' dèanamh cinnteach à sàr-mhathas a thaobh Dìon Chloinne taobh a-staigh an t-siostam ùr aig a' bhuidheann Teisteanas Sgrùdaidh Alba (AC)

Am poileasaidh air ùrachadh agus fo sgrùdadh fad an t-siubhail airson dèanamh cinnteach gu bheil a-rèir an t-siostam measaidh ùr PVG. Tha Fèisean a cuir a-staigh liosta luchd teagaisg agus feumaidh teisteanas a bhith gnìomh mas tèid airgead a' pàigheadh a-mach. Chan fhaigh Fèisean tabhartas mar a bheil seo air a dèanamh. Tha Sandy Gray a cumail sùil air seo còmhla rinn agus tha fiosrachadh air a sgaoileadh gu bheil sin gu bith gu math cruaidh mu dheidhinn seo cho-èigneachadh.

1.13 A' cumail oirnn a' toirt taic do phròiseactan Fèis fa leth mar obair leudachaidh an lùib Fèis Bharraigh agus Fèis Spè. (AC)

A' cumail oirnn a' toirt taic do dh'Fhèisean Loch Abar, Fèis Spè agus Fèis Bharraigh le seirbheisean iomchaidh.

1.16 Ag obair ann an co-bhonn ri buidhnean Gàidhlig eile, comhairlean ionadail, riochdairean coimhearsnachd agus Bòrd na Gàidhlig gus Iomairtean Gàidhlig a leudachadh agus prìomh amasan *Ginealach Ùr na Gàidhlig* a chur an gnìomh.(BnG)

Tha sinn air leth deònach seo a dhèanamh agus cumaidh sinn taic ris na h-Iomairtean ann an sgìrean far a bheil luchd-obrach againn no far a bheil Fèisean a' tachairt. Faodaidh iad feum a dhèanamh de ghoireas sam bith a th' againn agus tha sinn an dùil gun gabhadh 500 uair de thaic bhon luchd-obrach a choileanadh. Tha FnG a' dèanamh oidhirp gus inbhe na Gàidhlig àrdachadh sgìre Phort-rìgh, tha sinn a' ruith 'cofaidh agus còmhradh' uair san t-seachdain far am faigh daoine cothrom Gàidhlig a bhruidhinn gu nàdarra, agus na sgilean aca a thoirt air adhart.

2.12 A' dèanamh rannsachadh air mar a chruthaichear 'goireas cultarach' nam Fèisean anns am biodh raointean sòisealta, cleasachd agus teagaisg, a' cur teicneòlas airson teagasg air astar agus ceanglaichean ris na gnìomhachasan cruthachail gu feum, ann an coimhearsnachd chugallach Ghàidhlig (InG).

Tha sinn co-obrachadh le Cèolas ann an Uibhist a Deas air rannsachadh mu ionad cultural a stèidheachadh a bheireadh buannachd dona Fèisean Uibhisteach cuideachd. Ga thoirt air adhart ann an 2011-12 agus air a lìbhrigeadh ro 2012 a rèir mar a chaidh aontachadh le ING. Tha sin a' coimhead ri co-obrachadh le Ceòlas ann an Uibhist a Deas le buannachd dha na fèisean ann an Uibhist cuideachd

Leasachadh Pearsanta

Tha mi ag obair air cùrsa CIMA - teisteanas adhartach ann an cunntasachd, an dràsta.

Ainm **Iona NicDhòmhnaill**
Dreuchd **Oifigear Trèanaidh agus Poileasaidh**

Gnìomh/Toradh

Adhartas

1.4 A' toirt taic do luchd-obrach saor-thoileach: A' cruthachadh phoileasaidhean a tha cho furasta 's as urrainn do luchd obrach saor-thoileach a lìbhrigeadh.

Chaidh ùrachadh air na poileasaidhean agus an clàr-chunnairt anns an Fhaoilleach 2011. Fèis Trèanaidh air a chumail anns a' Ghearasdain sa Mhàirt. Poileasaidh ùr do/mu dhaoine saor-thoileach air aontachadh. Fèis Trèanaidh 2012 gu bhith ann an Inbhir Nis (Ramada/Caley).

1.5 A' Cho-labhairt Bhliadhnail

Dunblane Hydro
Seisean air Alexander Technique air a chur air dòigh le Sandra Riddell, tràth feasgar Dihaoine 23 Sultain. Còmhlan cèilidh airson oidhche h-Aoine (23 Sultain) (Lex Keith agus Jean Ann Callender), pròram deiseil airson Disathairne (24 Sultain).

1.15 Pròram Trèanaidh Bliadhnail: A toirt trèanadh do 30 fèis sa bhliadhna agus co-dhiù 75 luchd-teagaisg agus luchd eagrachaidh nam fèisean.

Tha a h-uile coltas ann gun tig seo a choileanadh eadar Trèanadh luchd-teagaisg (25/26 An Gearran), Fèis Trèanaidh (10/11 Màirt) agus trèanadh Ùlpan aig diofar amannan ro dheireadh na bliadhna ionmhais.

1.15 Luchd obrach gu bhith an-sàs ann an co-dhiù ceithir làithean trèanaidh Gàidhlig (BnG)

A' leantainn air adhart. Latha trèanaidh ann an Inbhir Nis air 26mh an Dàmhair. 2 latha eile ri chur air dòigh ro dheireadh a' Mhàirt.

2.3 A' cruthachadh shiùil gus am Poileasaidh Gàidhlig a chur an gnìomh taobh a-staigh Fèisean nan Gàidheal

A' cuideachadh na h-oifigearan eile gus seo a thoirt gu buil. Pròiseict rannsachaidh choileanta, a fhuair taic-airgid bho Shoillse aig SMO.

2.7 A' brosnachadh Fhèisean ionadail a bhith a' tasgadh stuthan a ghabhadh a chleachdadh airson teagasg san sgìre aca. 6 pròiseactan dualchais ionadail le muinntir Fèis na sgìre air an ceann, agus seo a' toirt dhuinn stòrais air-loidhne a bhios an asgaidh. (InG)

Beachdan ri chur gu feum a rèir airgid – eg leabhar còcaireachd, a tha a' gabhail a-staigh eachdraidh ionadail, eachdraidh shòisealta, bho dhiofar sgìrean.

2.8 Buidheann Leasachaidh Ro-innleachdail nan Ealain Gàidhlig: An sàs ann a bhith a' lìbhrigeadh Ro-innleachd Nàiseanta nan Ealain Gàidhlig mar phàirt de Phlana Nàiseanta na Gàidhlig agus a' toirt taic do dhreuchd an Oifigeir Ealain a tha SAC/BnG a' moladh (CEA)

A' cur taic ris a rèir feum

3.4 Obair eile ann an roinn fhoirmeil an fhoghlaim

Prìomh òraidiche air "A' teagasg chiùil 1" – modal chùrsa cheum aig SMO (deiseil an dràsta)
(Trèanadh luchd teagaisg Ire 2/3 mar phàirt riatanach dheth)
Òraid do "Ainmeil thar Cheudan" aig SMO, air eachdraidh shòisealta/labhartach a chaidh a thogail le clann MhicGhill-Eain.
Dh' fhoillsich (mar dàrna ùghdar, le Mark Sheridan agus Charles Byrne) pàipear air Òrain Ghàidhlig agus Beul-aithris ann an International Journal of Music Education, Vol 29, Issue 2, Cèitean 2011 (pdf ri fhaotainn bhuam)

3.7 Sgeama Bursaraidhean Ciùil: Pròram de bhursaraidhean a lìbhrigeadh taobh a-staigh sgìre Chomhairle na Gàidhealtachd mar phàirt de Phròram Ealan na Gàidhealtachd (CnG)

Bha 47 iarrtasan eadar an dà roinn, agus tha iad uile deiseil agus pàighte. Fhuaras iarrtasan bho dhiofar raointean ciùil, a bharrachd air ceòl traidiseanta, leithid indie agus thrash metal. B'e obair gu math tlachdmhor a bh' ann, a bhith dèiligeadh riutha.

Leudachadh/leasachadh Ìre 3 airson luchd-teagaisg

Bha Ire 3 air a thoirt seachad aig SMO am bliadhna (26/27 An Gearran), a bharrachd air Ire 1 agus 2. Bha 6nar ann aig an ìre sin. Shoirbhich leinn, agus thathar a cleachdadh an luchd-teagaisg gu feum agus gu sgiobalta.

Airgead ùr a thogail – 2 iarratas a chur a-staigh gu buidhnean maoineachaidh sa bhliadhna airson cothroman trèanaidh a thoirt air adhart

Iarratas gu Soillse – soirbheachail (£3000) – pàirt mu dheireadh ri thighinn.
Pàighidh SMO £300 agus cosgaisean airson pàirt a ghabhail sa mhòdal oilthigh aca
Chaidh iarrtasan gu ESF agus LEADER airson cùrsaichean Gàidhlig do luchd-teagaisg a ruith ach chaidh an diùltadh.
Iarratas gu CS/YMI air a dhol a-mach. Coimhead airson tùsan eile.

Lean air adhart le Pròram Trèanaidh san-taigh, a' cumail sùil air buidseat

Leantainneach. Chan eil càil air a' phròram an-dràsta ach Gàidhlig, agus "Resilience" le Fèis Rois. Tha an luchd-obrach gu bhith an-sàs ann an diofar rudan a-rèir na measaidhean luchd-obrach aca.

Cuir crìoch air gach ullachadh co-cheangailte ri Fèis Trèanaidh 2011 agus fiosrachadh a sgaoileadh (dreach ri bhi deiseil 31.10.10)

Dèiseil. A' deasachadh airson 2012 – Clàrachadh agus Podcasting, agus Manual Handling air a' chlàr-ama mar thà.

Dleastanasan a bharrachd:

Celtic Neighbours – Tha an iomairt seo air a ruith bhon A' Chuimrigh, agus tha planaichean eadar-nàiseanta aca airson nàbaidhean Ceilteach a thoirt còmhla air phròiseactan a tha iomchaidh eadar na Ceiltich. Tha mi air a' bhòrd-stiùiridh. Dh'fhaodadh seo a bhith freagarrach fo **1.18 Ceangalaichean Eadar-nàiseanta**.

Ghabh buidhean-chiùil "Tìr" pàirt aig Celtic Connections (agus chaidh an clàradh airson "Horo Gheallaidh" le MacTV), agus bha an taisbeanadh lèirsinneach a' crochadh an sin. Tha CN air a bhith bruidhinn riumsa agus ri Dougie Beck mu dheidhinn pròiseact iomadh-fhillte le ceòl, dràma agus cànan, stèidhichte air Am Mabinogion (uirsgeul Chuimris, le eileamaidean Albannach/Èireannach) leis an ainm "Branwen". Thathar an dùil gum bi seo deiseil airson an àrd-ùrlar aig àm a' Chàisg, 2012.

Cuideachd tha turas Èirinn gu bhith aig Tair/Triùir sa Chèitean 2012 – còmhlan de bhana-sheinneadairean às na dùthchannan Cèilteach.

Ainm	**Moreen Pringle**
Dreuchd	**Oifigear Ghnothaichean**

Gnìomh/Toradh

Adhartas

1.5 A' cumail Co-labhairt Bhliadhnail (AC)

Bidh an Co-labhairt Bhliadhnail 2011 anns an Taigh-òsta Hilton Hydro Dhùn Bhlàthain air 23/24 An t-Sultain.

1.7 A' toirt ionnstramaidean do dh'Fhèisean air iasad

Leantainneach agus air a dheagh chleachdadh fad an t-shiubhal aig na Fèisean. Tha iarrtas a' toirt bàrr air solarachadh ann an Ionnstramaidean Fèise a tha a-muigh an' mhòr-chuid den bhliadhna. Tha an mòr cuid dh' ionnstramaidean a bha anns an oifis air à' dol a-mach gu Fèis Ghallaibh, Fèis Mhoireibh, Fèis an t-Sratha, Fèis Obar Pheallaidh, Fèis Cataibh, Fèis Tir an Eorna, Fèis na h-Oige, Fèis Eilean na Hearadh, Fèis Tir a' Mhurain, Fèis nan Garbh Chriochan, Fèis Eilean an Fhraoich, Fèis Arainn, Fèis Thròndarnais, agus Fèis Lannraig a' Tuath.

Tha an àireamh de Fhèisean a-nis a' cur feum air ionnstramaidean air cothroman gus fastadh ri daoine fa leth a lùghdachadh. Tha iarrtais air ionnstramaidean ciùil doirbh ro-innse airson gu bheil ionnstramaidean eadar dhealaichte a dhith bho bhliadhna gu bliadhna.

Gu h-iomalan, tha cùmhnantan a-mach airson:

19 Clàrsaich, 13 Fhidheall, 2 Phìob Beag agus 15 Bogsa-ciùil

1.8 Feumar teisteanas sgrùdaidh leasaichte a bhith aig gach neach-teagaisg is neach-obrach saor-thoileach aig na Fèisean.

Feumaidh gach Fèis liosta luchd-teagaisg a chur a-steach mus fhaigh iad tabhartas. Thèid iad sin a sgrùdadh

feuch a bheil aithisg sgrùdaichte aca uile.

1.9 A' cumail Stòr-dàta Luchd-teagaisg nam Fèisean
Rinn mi mòran obair ag ùrachadh an stòr-dàta agus tha seo leantainneach.

1.10 A' leasachadh, a' sgaoileadh agus a' reic stuthan-foillsichte
Tha sinn a' reic nas urrainn dhuinn tro Fhèisean, bhùithtean, m.s.a.a. Tha bùth a-nis air an làrach-lìn aig http://www.feisean.org/Shop/buth.html.

1.11 A' cur ri chèile agus a' sgaoileadh naidheachdan is fiosrachadh eile gu cunbhalach
Chaidh Faileas air an Làrach-Lìn deireadh An t-Òg Mhios agus tha sin a deisealachadh fear eile airson An t-Sultain.

1.19 Sanasachd is Margaideachd
Tha pìosan de chòmhdach ionadail a' dol a mach. Tha mi ag obair còmhla ri oifigearan leasachaidh nam Fèisean agus tha sin à' dèanamh adhartas.
Tha stuthan ri fhaighinn tron bhùth air loidhne againn aig www.feisean.org ach tha cothroman ann barrachd a dhèanamh le seo.

1.20 An Làrach-lìn agus TFC
Tha an Làrach-lìn ur againn beò a-nis.
Tha Làrach-lìn www.feisean.org ga ùrachadh gu cunbhalach.

3.1 Cùmhnant Iomairt Chiùil na h-Òigridh ann an sgìre Chomhairle na Gàidhealtachd
Bidh an leabhar-teagaisg Gàidhlig airson fìdeige air a dheasachadh le Taigh na Teud ann a co-bhuinn ri Fèisean nan Gàidheal agus Stòrlann air chuairteachadh nas fharsainge.
Tha feadagan agus innealan-ciùil againn do luchd teagasg ICO a rèir feum.

Ainm	**Dougie Beck**
Dreuchd	**Oifigear Drama**

Gnìomh/Toradh

Adhartas

1.1 A' cumail oirnn a' toirt taic do agus a' leasachadh co-dhiù 40 Fèis fa leth, a' leudachadh nan raointean anns a bheil iad an sàs agus a' stèidheachadh sàr dhòighean obrach (AC)
Mar phàirt den sgioba a bhios a' coimhead ris a' phoileasaidh Ghàidhlig bidh mi a' tairgse taic agus comhairle do na Fèisean, agus do bhuidheann sam bith eile a thig thugainn.

1.1 Plana a chur an gnìomh airson èifeachdas luach 3% de thaic-airgid Bhòrd na Gàidhlig (£3,750) a dhèanamh taobh a-staigh cosgaisean ruith na buidhne agus a thoirt gu leasachaidhean ùra mu choinneamh àrdachadh àireamh luchd-labhairt na Gàidhlig. (BnG)
Tha mi a' feuchainn ris an t-siubhal agam ìsleachadh le bhith a' cumail choinneamhan fòn is Skype. Tha mi air an àireamh de dh'oidhcheannan a bhios FnG a' pàigheadh ìsleachadh cuideachd, agus tha mi air na cosgaisean bìdh agam a lùghdachadh. An àite bhith a' ceannachd props ùra airson gach dealbh-cluiche, tha sinn a' feuchainn ri na th' againn ath-chuairteachadh.

1.10 A' leantainn oirnn a' dèanamh as motha airgead as urrainnear bho reic stuthan-foillsichte
Tha grunn lethbhracan de Bhiorachan Beag agus Biorachan Mòr air fhàgail, agus bidh mi a' dèanamh mo dhìcheall gus faighinn cuidhteas dhiubh mar as fheàrr as urrainn dhomh.

1.11 A' cur ri chèile agus a' sgaoileadh naidheachdan is fiosrachadh eile gu cunbhalach
Bidh mi a' cur ri Faileas gach raithe, agus an-dràsta 's a-rithist bidh mi a' sgrìobhadh phìosan do na h-irisean aig buidhnean eile.

1.16 Ag obair ann an co-bhonn ri buidhnean Gàidhlig eile, comhairlean ionadail, riochdairean coimhearsnachd agus Bòrd na Gàidhlig gus Iomairtean Gàidhlig a leudachadh agus prìomh amasan *Ginealach Ùr na Gàidhlig* a chur an gnìomh. (BnG)
Tha sinn a' sìor leudachadh a' cho-obrachaidh a bhios a' dol air adhart le buidhnean eile. Tha sinn a' glèidheadh com-pàirteachas eadar FnG agus NTS, stèidhichte air Cùil Lodair. Bidh sinn ag obair le CnaG ann an Loch Abar air na pròiseactan às-dèidh-sgoile (pàipear naidheachd sgoile). Mar a chìthear gu h-ìseal tha sinn gu bhith ag obair leis an Stòrlann air cuairt dràma, agus bidh sinn ag obair còmhla ri Comhairle na Gàidhealtachd ann an Inbhir

Nis/Inbhir Pheofharain gus na clubaichean dràma a chur air dòigh. Tha sinn an dòchas gun lean an com-pàirteachas le MG ALBA a thaobh na Sgoile Samhraidh.

2.2 Leantainn le bhith a' cur Poileasaidh Gàidhlig Fèisean nan Gàidheal an gnìomh agus seirbheis taic Gàidhlig a thoirt seachad do na fèisean air fad tro luchd-obrach agus pròiseactan sònraichte a-rèir an iarrtais. (BnG)

Bidh mi a' cumail gu dlùth ris a' phoileasaidh, agus tha mi an sàs ann an grunn iomairtean gus a chur an gnìomh, leithid Sgioba G. Bha mi cuideachd an sàs ann a bhith a' deasachadh leabhran Gàidhlig ùr do Fhèis Rois.

2.2 A' cumail taic ri Fèisean le obair Ghàidhlig a' dèanamh feum den Sgioba-G.

Mar a mhìnich mi gu h-àrd, tha mi an sàs ann a bhith a' lìbhrigeadh Sgioba-G, agus a' deasachadh stuthan air a shon. O chionn ghoirid bha mi an sàs ann a bhith a' lìbhrigeadh Sgioba-G aig Fèis Lochabair, agus tha mi air stuthan ullachadh do Fhèis Mhoireibh, Fèis Inbhir Narann, Fèis Bharraigh agus Fèis a' Bhaile. Bidh mi a' sìor chumail sùil a-mach airson geamannan is rudan eile a dh'fhaodadh a bhith math airson a' phròiseict. Tha cuid de na geamaichean etc gan cleachdadh an-dràsta ann am bun-sgoiltean gus Gàidhlig a theagasg do sgoilearan. Tha seo cuideachd a' toirt cothrom dhuinn na stuthan seo a leasachadh.

2.4 A' dèanamh cinnteach à dealas don Ghàidhlig am measg Fhèisean ùra.

Gu tric bidh mi an sàs ann a bhith a' deasachadh no a' lìbhrigeadh stuthan-taice Gàidhlig do Fhèisean ùra.

2.5 A' cur air adhart tachartasan dràma Gàidhlig mar Sgoil Samhraidh Dràma Ghàidhlig agus, ma bhios maoin ann, cuairtean le Meanbh-Chuileag a' bhuidheann-dràma-oideachaidh. (AC)

Tha ceithir Sgoiltean Samhraidh air a bhith ann bho ghabh FnG an iomairt thairis, agus bhon uair sin tha còrr is 70 òganach air feum a dhèanamh den t-seirbhis. Ann an 2011 chaidh an àireamh de chom-pàirtichean àrdachadh le 50%, agus a' mhòr-chuid dhiubh sin a' nochdadh gun tilleadh iad an ath-bhliadhna. Tha sinn cha mhòr cinnteach gur ann eadar 2 agus 14 Iuchar a bhios SSD2012 a' tachairt – tha a h-uile coltas ann gur ann ann am Port Rìgh a bhitheas i a-rithist, ach bidh atharrachaidhean mòra gan cur an gnìomh a thaobh cruth chlasaichean etc. Tha Meanbh-chuileag gu bhith air rathad 4 tursan ro Chaisg 2012; 2 cuairt Bheurla le dealbhan-cluiche a bhios ag amas air beagan Gàidhlig a theagasg do chloinn (fear ann an Cinn Tìre/Arainn agus fear eile air Ghàidhealtachd), panto Gàidhlig (a tha ga sgrìobhadh an-dràsta) air Ghàidhealtachd agus cuairt mhòr Gàidhlig feadh Alba sa bhliadhna ùr.

2.5 Turas sgoiltean fad 6 seachdainean leis a' bhuidheann dràma Meanbh-Chuileag. (BnG)

Tha Meanbh-chuileag gu bhith ag obair gu dlùth leis an Stòrlann gus dealbh-cluiche 2012 a thoirt gu buill. Tha sinn gu bhith a' cleachdadh na sgeulachd traidiseanta *MacCodruim nan Ròn* bhon leabhar ùr *Mar a Chuala Mise e*, a chaidh fhoillseachadh o chionn beagan mhìosan. Rinn sinn dealbh-cluiche den sgeulachd seo o chionn faisg air deich bliadhna, agus bha e seo air fear den dealbhan-cluiche a bu shoirbheachail a rinn sinn a-riamh. Bidh a' chuairt a' tòiseachadh san fhaoilleach (tha sinn air 2 a-mach à trì de na cleasaichean a dhearbhadh mar-thà). A-bharrachd air an dealbh-cluiche, bidh stuthan do thidsearan is sgoilearan gan deasachadh.

2.5 A' cumail taic ri co-dhiù 80 bùth-obrach dràma ann an coimhearsnachdan air feadh Alba. (BnG)

Tha tòrr òbair dhràma fa-near dhuinn am-bliadhna, cuid mhath dheth a tha air tòiseachadh mar-thà. Bidh sinn a' lìbhrigeadh bhùthan-obrach dràma ann am bun-sgoiltean Gàidhlig an Eilein Sgitheanaich is Loch Aillse, Uibhist is Bharraigh, Leòdhais is na Hearadh agus Loch Abar is Earra Ghàidheal. Tha an obair seo air tòiseachadh anns an Eilean Sgitheanach, is bidh an ath shreath a' tòiseachadh ann an teirm na Nollaig, leis a' chòrr a' gabhail àite sa bhliadhna ùr. Tha sinn air faighneachd do sgoilearan ann an caochladh de dh'Àrd-sgoiltean am biodh ùidh aca ann an dràma, is tha sinn an dòchas gum bi bùthan-obrach às dèidh sgoile a' tòiseachadh ann an cuid de sgìrean an ath theirm.

2.5 A' cumail a' dol le sreath Fhèisean dràma (AC)

Bidh cuid de na h-iomairtean dràma a bhios a' dol air adhart ann am bun-sgoiltean a' gabhail a-staigh cothroman taisbeanaidh. Bidh seo a' tachairt le cinnt ann an Loch Abar/Earra Ghàidheal, agus tha sinn a' coimhead air a leithid a dhèanamh ann an sgìrean eile cuideachd.

2.5 A' cumail Sgoil Shamhraidh Dràma Gàidhlig agus ag obair a dh'ionnsaigh aonta le MG ALBA airson tuilleadh leasachaidh proifeiseanta do dhaoine a nì an cùrsa (InG)

Chaidh oidhche chrìochnachaidh SSD2011 a chumail ann an co-bhonn le MG ALBA anns an stiùidio aca ann an Slèite. Bha an oidhhe seo air leth soirbheachail, le deagh èisteachd, agus bha na goireasan air leth freagarrach airson a leithid de thachartas. Ged nach eil planaichean ach dìreach air tòiseachadh a thaobh SSD2012, tha sinn an dòchas an com-pàirteachas seo a leasachadh agus a thoirt air adhart, 's dòcha le cothroman do dh'òigridh a

bhith ann às dèidh na ceala-deug cuideachd.

2.5 Sgoil Shamhraidh Dràma 2011 air a chumail, le co-dhiù 20 oileanach le Gàidhlig a' gabhail pàirt agus 100 san luchd-èisteachd aig an taisbeanadh mu dheireadh (BnG)

Bha 24 cleasaiche òg an làthair aig SSD2011 – àrdachadh de 50% air a' bhliadhna roimhe. Bha timcheall air 100 san èisteachd – àrdachadh de 185% air bliadhnaichean eile – a' dearbhadh gun d' rinn e diofar mhòr a' chuirm a' gluasad a-mach à Port Rìgh.

2.13 A' cumail taic ri tachartasan airson deugairean

A bharrachd air SSD, tha grunn phròiseactan fa-near dhuinn am-bliadhna, mar a chaidh a mhìneacahdh gu h-àrd. Tha sinn an dòchas gum bi bùthan-obrach às dèidh sgoile ann an dràma a' tòiseachadh ann an cuid de sgìrean an ath theirm.

3.4 Obair eile ann an roinn fhoirmeil an fhoghlaim

Mar a chaidh a chur an cèill gu h-àrd tha sinn gu bhith an lùib phròiseactan ann am bun-sgoiltean agus Àrd-sgoiltean air feadh Alba, a' mhòr-chuid dhiubh ceangailte ri teagasg dràma. Tha an com-pàirteachas a tha fa-near dhuinn leis an Stòrlann gu bhith glè fheumail a thaobh ceanglaichean a thogail le sgoiltean agus buidhnean eile. Tha mi an-dràsta ag obair ann am bun-sgoiltean ann an Loch Abar, Taobh Siar Rois agus Siorrachd Inbhir Nis nach eil idir a' teagasg na Gàidhlig. Tha gach sgoil a' faighinn sia bùthan-obrach cànain, agus tha tidsearan mar-thà air nochdadh gum bu mhath leotha tuilleadh fhaighinn. Tha iarrtas ann cuideachd airson a leithid ann an Earra Ghàidheal.

Ainm	**Aonghas MacLeòid**
Dreuchd	**Oifigear Dràma**

Gnìomh/Toradh

Adhartas

1.1 A' cumail oirnn a' toirt taic do agus a' leasachadh co-dhiù 40 Fèis fa leth, a' leudachadh nan raointean anns a bheil iad an sàs agus a' stèidheachadh sàr dhòighean obrach (AC)

Tha obair na buidhne gu lèir ag amas air an seo.

Thug mi taic do Chalum MacConnaill, a bha againn air greis-gniomhachais bho Sabhal Mòr Ostaig, ann a bhith a' cur an òrdugh pasgain luchd-teagaisg agus goireasan Sgioba G a bha rim faotainn.

Thèid pasgan-teagaisg agus geamannan agus cur-seachadan a bharrachd ullachadh san t-Sultain agus san Dàmhair a thèid a chur gu feum le Sgioba G aig Fèis a' Bhaile agus Fèis Spè ann an làithean-saora na sgoile san Dàmhair.

1.16 Ag obair ann an co-bhonn ri buidhnean Gàidhlig eile, comhairlean ionadail, riochdairean coimhearsnachd agus Bòrd na Gàidhlig gus Iomairtean Gàidhlig a leudachadh agus prìomh amasan *Ginealach Ùr na Gàidhlig* a chur an gnìomh. (BnG)

Eden Court

As dèidh a bhith ag obrachadh còmhla air a' phròiseact dràma airson rèidio agus aig An Sgoil Shamhraidh Dhràma ann an 2010/2011, thathar an dùil gum bi tuilleadh chothroman chompàirteachais rin gabhail anns a' bhliadhna sgoile 2011/2012 ma ghabhas Buidheann Dràma as deidh sgoile a thòiseachadh ann an sgìre Inbhir Nis agus Inbhir Pheofharain.

BBC Alba

Dh'obraich sinn còmhla ri sgioba riochdachaidh Aileag fhad 's a bha am pròiseact dràma airson rèidio a' dol air adhart ann an 2009/ 2010 agus a-rithist ann an 2010/2011 agus thathar a' cumail sùil air cothroman chompàirteachais eile le BBC Radio nan Gàidheal air a' bhliadhna a tha romhainn.

Comhairle na Gàidhealtachd

Chaidh bùthan-obrach dràma a thoirt seachad aig Fèill a ghabh àite aig Bun-sgoil Ghàidhlig Inbhir Nis air 11 Ògmhios.

Air 2 Sultain chaidh coinneamh a chumail le Dolina Ghrannd, Oifgear choimhearsnachdan Chomhairle na Gàidhealtachd do sgìre Inbhir Nis. Tha cothrom aice taic a thoirt do Fèisean nan Gàidheal agus Eden Court leis na planaichean a th'againn ann a bhith a' stèidheachadh Club Dràma as deidh na sgoile airson sgoilearan Àrd-sgoile ann an sgìre Inbhir Nis agus Inbhir Pheofharain.

Storlann
Chaidh compàirteachais le Storlann a chur air bhonn bho chionn ghoirid as dèidh coinneamh air 1 Sultain gus riochd an àrd-ùrlar a chur air cuid de na sgeulachdan bhon leabhar chloinne 'Mar a chuala mis' e' agus goireas no 'dileab' ullachadh a bhiodh feumail do luchd-teagaisg agus sgoilearan.
Mar thoradh air a' chompàirteachais gheibhear taic bhuapa le cuairt nàiseanta Meanbh-chuileag a thathar an dùil a chumail sa bhliadhn' ùr agus goireasan luchd-teagaisg a thèid a dheasachadh fo stiùir Fèisean nan Gàidheal.

Trèanadh Luchd-obrach
Chaidh 'Resilience Training Seminar' a chumail air an 18 agus 19 Lùnastal le luchd-obrach bho Fèisean nan Gàidheal, Fèis Rois, Eden Court agus An Lochrann. Mar phàirt den seminar bha na seiseanan a leanas na chois 'Fundraising Skills' agus 'Managing Multiple Priorities'. Chaidh an lìbhreagadh leis 'The Management Centre'. Thathar an dùil cùrsa eile a chur air dòigh air an 27 agus 28 Dàmhair.

Fèill Ionnsachaidh na h-Alba - 21 & 22 Sultain
Cheannaich Bòrd na Gàidhlig làrach aig Fèill Ionnsachaidh na h-Alba a thèid a chumail aig an SECC ann an Glaschu air 21 agus 22 Sultain. Ghabh Fèisean nan Gàidheal ri cuireadh a fhuaireadh bhuapa a dhol ann gus ar n-obair sna sgoiltean a shanasachadh le Meanbh-chuileag, An Sgoil Shamhraidh Dhràma agus pròiseactean eile. Bidh na buidhnean a leanas an làthair cuideachd:

- CnaG
- BnaG – Sgioba Tràth Bhliadhnaichean
- Stòrlann
- Comhairle nan Leabhraichean

2.2 A' cumail taic ri Fèisean le obair Ghàidhlig a' dèanamh feum den Sgioba-G.
Faic gu h-àrd

2.5 A' cur air adhart tachartasan dràma Gàidhlig mar Sgoil Samhraidh Dràma Ghàidhlig agus, ma bhios maoin ann, cuairtean le Meanbh-Chuileag a' bhuidheann-dràma-oideachaidh. (AC)
Faic gu h-ìseal

2.5 Turas sgoiltean fad 6 seachdainean leis a' bhuidheann dràma Meanbh-Chuileag. (BnG)
Tha Meanbh-chuileag an dùil a dhol air cuairt le dealbh-cluich airson bun-sgoiltean Bheurla ann an Eilean Arainn agus sgìre Loch Finn san t-Samhain. Thèid a' chuairt a chumail eadar 7 agus 18 den mhios le dùil seachdain deasachaidh a chumail air 24 Dàmhair. Thèid an dealbh-cluich a riochdachadh le Fèisean nan Gàidheal.

Bidh dealbh-cluiche Nollaig aig Meanbh-chuileag cuideachd a thèid air chuairt eadar 12 agus 16 Dùbhlachd le seachdain deasachaidh a' gabhail àite air seachdain 28 Samhain.

Gheibh an turas nàisteanta Meanbh-chuileag den dealbh-cluich MacCodruim nan Ròn taic-airgid bho Storlann agus thèid deasachadh a dhèanamh air a shon san Fhaoilleach agus an cuairt fhèin a chumail tron Ghearran agus a' Mhàirt. Thèid cleasaichean fhastadh air a shon.

2.5 A' cumail taic ri co-dhiù 80 bùth-obrach dràma ann an coimhearsnachdan air feadh Alba. (BnG)
Am bliadhna bi sgioba dràma Fèisean nan Gàidheal a' tabhann seirbheis dràma ùr do bhun-sgoiltean le roinnean Gàidhlig.
Thèid a'phròiseact a' lìbhrigeadh gu cunbhalach tron bhliadhna agus gheibh na sgoilearan a ghabhas pàirt eòlas air roghainn fharsaing de sgilean dràma tro shreath de bhùthan-obrach.
Thòisich mi a' lìbhreagadh bùthan-obrach anns an Eilean Sgitheanach 's Loch Aillse aig toiseach na Sultaine far a bheil seachd sgoiltean le roinnean Gàidhlig a'gabhail pàirt agus 9 buidhnean an sàs.

2.5 A' cumail Sgoil Shamhraidh Dràma Gàidhlig agus ag obair a dh'ionnsaigh aonta le MG ALBA airson tuilleadh leasachaidh proifeiseanta do dhaoine a nì an cùrsa (InG)
Dh'obraich mi fhèin agus Dougie còmhla gus na planaichean airson SSD2011 a chur an gnìomh agus ann a bhith dèanamh obair rianachd agus obair mar neach-aire fhad 's a bha an Sgoil Shamhraidh Dhràma a' dol air adhart.

Thug MG Alba taic don Sgoil Shamhraidh Dhràma le bhith toirt Stiùidio Fàs aig Sabhal Mòr Ostaig seachad mar àite thaisbeanaidh agus feum a dhèanamh à goireasan agus luchd-obrach na h-àite. Chaidh deoch agus biadh a thoirt seachadh mar phàirt den chuirm fàilteachaidh cuideachd.

2.5 Sgoil Shamhraidh Dràma 2011 air a chumail, le co-dhiù 20 oileanach le Gàidhlig a' gabhail pàirt agus 100 san luchd-èisteachd aig an taisbeanadh mu dheireadh (BnG)

- Ged nach do shoirbhich leinn gus iarrtasan bho Leòdhas no na Hearadh fhaighinn bha an àireamh as àirde de dh'oileanaich riamh aig an Sgoil Shamhraidh Dhràma am bliadhna le 24 deugaire a' faighinn àite.

- Chaidh a chumail aig Stiùidio Fàs, Sabhal Mòr Ostaig, Slèite ann an co-bhonn le Fèis Alba.
- Bha co-dhiù 100 an làthair aig an taisbeanadh mu dheireadh agus chòrd an oidhche riutha gu mòr.
- Chaidh an oidhche fhiolmadh agus aon uair 's gun tèid a ghearradh, thèid leth-bhreacan dhith a thoirt seachad do luchd-compàirt agus feum a dhèanamh às mar shanas don Sgoil Shamhraidh Dhràma agus do Fèis Alba.

2.13 A' cumail taic ri tachartasan airson deugairean

Clubaichean Dràma as deidh sgoile
Tha Fèisean nan Gàidheal a' dèanamh rannsachadh an dràsta gus faighinn a-mach nam biodh e comasach clubaichean dràma as dèidh sgoile thòiseachadh do dheugairean le Gàidhlig ann an sgìre na Gàidhealtachd. Chaidh ceisteachainn a sgaoileadh air na roinnean Gàidhlig aig Àrd-sgoil Loch Abar, Àrd-sgoil Phort Rìgh, Acadamaidh Inbhir Pheofharain, Àrd-sgoil Ulapuil, Acadamaidh Rìoghail Inbhir Nis, Acadamaidh Allt an Muilne, Acadamaidh Chuil Lodair agus Acadamaidh Bhaile Theàrlaich. Ma tha iarrtas gu leòr ann, tha Fèisean nan Gàidheal an dùil taic a thoirt seachad gus club a chur air bhonn a thèid a chumail gu cunbhallach tron bhliadhna.

Àrd-sgoil Ulapuil – Maoin airson bùthan-obrach dràma
Mar phàirt de chomharra air 25 bliadhna de dh'fhoghlam tro mheadhan na Gàidhlig, gheibh sgoilearan às a' chiad, treas agus ceathramh bliadhna de Àrd-sgoil Ulapuil sreath de bhùthan-obrach dràma le sùil gun tèid dealbh-cluich a riochdachadh a thèid a thaisbeanadh aig Bun-sgoil Ulapuil as deidh làithean-saora na sgoile san Dàmhair.

An Sgoil Shamhraidh Dhràma
As dèidh ceithear bliadhna, 's e an Sgoil Shamhraidh Dhràma an iomairt as motha anns a bheil sinn an sàs as thaobh deugairean. Ghabh 24 deugaire pàirt anns an Sgoil Shamhraidh Dhràma ann an 2011.

3.4 Obair eile ann an roinn fhoirmeil an fhoghlaim

Mar a chaidh a mhìneachadh gu h-àrd tha mi an sàs ann an grunn phròiseactan ann an sgoiltean air feadh Alba.

Ainm	**Nicola Simpson**
Dreuchd	**Ard Oifigear Leasachaidh**

Gnìomh/Toradh

Adhartas

1.1 A' cumail oirnn a' toirt taic do agus a' leasachadh co-dhiù 40 Fèis fa leth, a' leudachadh nan raointean anns a bheil iad an sàs agus a' stèidheachadh sàr dhòighean obrach (AC)

Thachair Fèis Chataibh agus Fèis na h-Òige air a' chiad seachdain de saor-làithean na sgoile. Chuir Fèis Chataibh fàilte air barrachd air naochad com-pàirtichean agus bha deagh seachdain aig a h-uile duine. Bha fichead sa naoi com-pàirtichean aig Fèis na h-Òige agus dusan aig am Fèis-bheag.

Thoisich Cèilidh air Chuairt Fèis Chataibh anns an t-Iuchar cuideachd le Cèilidh còmhla ri Fèis a' Chaolais. Air an fheasgar, ron a' Chèilidh, dh' obraich na Ceilidh Trailers còmhla ri com-pàirtichean nas òige bho Fèis a' Chaolais airson sets a chuir air dòigh airson an cuirm-ciùil. Bha mòran luchd-èisteachd ann agus chòrd an oidhche riutha gu mòr.

Anns an t-Ògmhios rinn mi da bhùth-obrach dannsa-ceum agus seinn, còmhla ri Maggie MacDonald mar phàirt den Sgoil Bàrdachd ùra anns a' Chomraich. 'S e com-pàirteachas eadar Fèis Rois agus Fèis a' Bhealaich a bha seo agus chaidh an dà bhùth-obrach, aon ann an Bun-sgoil Loch Carrann agus aon airson teaghlaichean ann an Talla a' Chomraich glè mhath. Tha dùil aig Fèis a' Bhealaich latha eile mar seo a cuir air dòigh aig deireadh an t-Sultain.

Aig toiseach an Lùnastal, bha Fèis an Iar Thuath an sàs ann an latha Gaidhlig ann an Sgobharaidh. Ged nach robh bùthan-obrach ann mar a bha an comataidh an dùil, bha deagh latha aca a' crìochnachadh le cèilidh còmhla ris an Cèilidh air Chuairt Fèis Chataibh.

Aig deireadh an Lùnastal, thachair an darna Fèis Phìobaireachd aig Fèis na h-Òige ann an Badaguish faisg air An Aghaidh Mhòr. Bha an deireadh-seachdain gu math soirbheachail le seachd-deug com-pàirtichean an sàs anns an tachartas, le ceithir airson drumaireachd, rud ùr airson 2011. Ron an Fhèis rinn mi mòran obair air iarrtasan gu

Bòrd na Gàidhlig agus People Making Waves airson taic-airgid fhaighinn.

Anns na seachdainean a tha ri thighinn, bidh mi ag obair le Fèis a' Bhaile ag ullachadh airson am prìomh fhèis aca. Bidh sin a' tachairt eadar 17 agus 21 Dàmhair ann an Acadamaidh Allt a' Mhullain. Bidh com-pàirtichean bhon fhèis an sàs ann am Blas cuideachd. Bidh iad air an àrd-ùrlar còmhla ri com-pàirtichean bho Fèis na h-Òige airson an cuirm crìochnachaidh.

Bidh Fèis Spè a' gabhail àite anns an Dàmhair cuideachd agus bidh iad a comharraich 21 bliadhnaichean le cuirm-ciùil sònraichte ann an taigh-bìdh Tàrmachan mar phàirt den fhèis Blas. Anns na mìosan a tha ri thighinn bidh mi a' leantainn le obair còmhla ris a bhòrd aca agus na h-oifigearan leasachaidh airson pasgan taic-airgid airson na bliadhnaichean a tha ri thighinn fhaighinn.

1.4 A' cumail oirnn le siùil taice ionmholta do dh'Fhèisean fa leth tro bhith a' togail air ar siostam le Oifigearan Leasachaidh, a bheir cothrom do dh'Fhèisean ionadail bruidhinn ri aon neach a dh'innseas mu sheirbheisean Fèisean nan Gàidheal (AC)

Gu tric, bidh mi a' toirt taic dha na Fèisean anns an sgìre agam agus dha na feadhainn a tha an sàs anns na Cèilidhean air Chuairt. Bidh mi ag obair gu dlùth leis an sgioba leasachaidh agus na luchd-obrach eile airson fiosrachaidh agus goireasan a' sgaoileadh.

Air Diluain 5 Sultain, bha mi aig an choinneamh bhliadhnail Fèis Mhoireibh. Bha am bliadhna a chaidh seachad gu math soirbheachail agus tha planaichean aca airson leasachadh am pròram leantainneach aca. Tha iad cuideachd am beachd air clasaicehan Gàidhlig a ruith airson an comataidh. Bidh mi a' dol don choinneamh bhliadhnail Fèis Chataibh aig deireadh am mìos seo cuideachd.

Anns na mìosan ri teachd bidh mi a cuir air dòigh choinneamhan leis na Fèisean air fad anns an sgìre agam airson formaichean-iarrtas a thòiseachadh agus planaichean a chur air dòigh airson an ath bhliadhna.

1.4 Oifigear Leasachaidh air a chumail sna h-Eileanan Siar (CnES)

Bidh mi fhathast a' toirt stiùireadh làitheil don Oifigear Leasachaidh nan Eilean Siar.

1.4 Oifigear Leasachaidh air a chumail ann an sgìre Earra-Ghàidheal is Bhòid (CEB)

Bidh mi fhathast a' toirt stiùireadh làitheil don Oifigear Leasachaidh Earra-Ghàidheal is Bhòid.

1.12 Taic a thoirt airson Fèisean ùr a stèidheachadh far a bheil coimhearsnachdan gan iarraidh agus ma bhios maoin ann dhaibh (AC)

'S e Fèis an Iar Thuath an Fhèis as ùra anns an sgìre agam. Thoisich iad le deireadh-seachdain anns an Gearran 2011 agus bhon uairsin, fhuair iad taic-airgid airson latha Gàidhlig a chuir air dòigh, thachair sin anns an Lùnastal, agus tha mi an dòchas gum bi iad a ruith clas obair-bhuidhne eadar an Dàmhair agus an ath Fhèis ann an Gearran 2012.

1.13 A' cumail oirnn a' toirt taic do phròiseactan Fèis fa leth mar obair leudachaidh an lùib Fèis Bharraigh agus Fèis Spè. (AC)

Tha mi a' leantainn le obair còmhla ri Fèis Spè airson pasgan taic-airgid airson na bliadhnaichean a tha ri thighinn fhaighinn. An-dràsta, tha sinn ag obair air iarrtas airson an sgeama ùr aig Alba Cruthachail – Creative Places.

1.14 Na Fèisean ag obair còmhla

Fhuair na Fèisean deagh chothrom tro an t-samhraidh airson obair còmhla leis na Cèilidhean air Chuairt. Thàinig Ceilidh air Chuairt Fèis Latharna agus Ceilidh air Chuairt Fèis Lochabair le chèile airson consairt agus rinn Fèis Rois agus Fèis an Earraich an aon rud. Cuideachd, bha an Cèilidh air Chuairt Fèis Chataibh ag obair còmhla ri Fèis a' Chaolais.

1.19 A' togail air ìomhaigh nam Fèisean sna meadhanan, le co-dhiù dusan sgeulachd naidheachd ionadail / roinneil, agus trì sgeulachdan naidheachd nàiseanta, agus aon sgeulachd mhòr a bhios air a sgaoileadh feadh Bhreatainn gach bliadhna (InG)

Thairis air an t-samhraidh, tha mi air a bhith sgrìobhadh iomadh brath-naidheachd airson na Cèilidhean air Chuairt agus fhuair sin sgeulachdan anns na meadhanan ionadail mar an Northern Times, Oban Times agus air an eadar-lìon air duilleagan mar Highland Perthshire News.

2.1 A' dèanamh cinnteach gu bheil a' Ghàidhlig na pàirt cudromach do gach Fèis, a-rèir poileasaidh Gàidhlig Fhèisean nan Gàidheal (CnG)

Bidh mi a' sgrùdadh na planaichean Gàidhlig air fad, aig na Fèisean agam nuair a bhios sinn a choinneachadh

anns na mìosan a tha tighinn.

2.6 Ann am compàirt ri Fèisean, agus le maoin bho LEADER, a' leantainn le taic do Chuairtean Cèilidh (AC)

Le taic airgead bho LEADER, bha sia Cèilidhean air Chuairt a-muigh air an rathad am bliadhna seo agus rinn iad barrachd air ceud tachartasan air feadh diofar àiteachan. Tha mi fhathast ag obair còmhla ri Anne gu dlùth gus an fhiosrachadh ceart a chruinneachadh do Leader.

Aig toiseach an Iuchar bha mi aig Fèis Alba airson da seachdain a' cuideachadh na com-pàirtichean agus co-ordanichean a' deasachadh airson na Cèilidhean air Chuairt agus chòrd e ruim gu mòr. A bharrachd air seo bha mi còmhla ri Fèis Rois airson trì làithean agus chunnaic mi na Cèilidhean air Chuairt bho Chataibh, Earra-Ghàidheal agus Lochabair nuair a bha iad air a' chuairt.

2.6 A' leudachadh agus a' neartachadh Chuairtean Cèilidh nam Fèisean, an lùib seo bithear a' co-òrdanachadh agus a' dèanamh sanasachd air an iomairt gu nàiseanta agus gu h-eadar-nàiseanta agus mar a tha i a' cur ri turasachd chultarach (InG)

Rinn mi mòran obair còmhla ri Ronan Martin air iomairt shanasachd ur airson na cèilidhean air cuairt am bliadhna seo agus tha mi a' smaoineachadh gun robh sin glè soirbheachail. The e math airson na Cèilidhean air Chuairt a' bhith tighinn còmhla mar pàirt den aon phròiseact.

Bidh comhlan bho Fèis Fhoirt air turas anns an sgìre Sruighlea am mìos seo mar pàirt den phròiseact pìleat aca – Summer Sessions. Bidh mi ag obair leis a' chomataidh airson pasgan taic-airgid fhaighinn airson Ceilidh air Cuairt an ath bhliadhna fhaighinn.

2.6 A' co-obrachadh le càch, DVD a chur ri chèile a' sealltainn mar a nìthear dannsaichean cèilidh, a bhios feumail do na Fèisean, Cuairtean Cèilidh is suidheachaidhean eile. (AC)

An-dràsta, tha mi ag obair air iarrtas gu an ' Trad Art Small Grant Fund' airson am pròiseact seo agus cuiridh mi sin a-staigh ro dheireadh am mìos seo. Anns na mìosan a tha ri thighinn bidh mi a lorg barrachd taic-airgid airson a' phròiseact cuideachd.

2.10 A' togail air soirbheas ann an 2010, a' cumail a dol le barrachd taic do sgrìobhadh òrain ùra ann an Gàidhlig. (AC)

Aig Fèis Alba am-bliadhna bha seiseanan ann an sgrìobhadh òrain, air an stiùireadh le Blair Douglas. Bha seo brosnachail airson na luchd-ciùil agus glè spòrsail aig an aon àm.

2.13 A' cumail taic ri tachartasan airson deugairean

Anns na seachdain a chaidh seachad, tha mi air a' bhith ag obair le Maria ag ullachadh airson Feis nan Deugairean ann an Lochabair. Bidh seo an aon tachartas airson deugairean gu sònraichte a tha mi an sàs ann ach bha 43 com-pàirtichean aois eadar 16 agus 20 air na Cèilidhean air Chuairt am bliadhna seo.

3.6 A' togail air ìomhaigh nam Fèisean le tachartasan a nì sanasachd air ar n-obair agus tro chothroman eile mar a nochdas iad. (AC)

Bidh trì de na Cèilidhean air Chuairt a' cluich aig Cuairt Deireannach Cupa na Camanachd air 17 Sultain mar pàirt den fhèis Blas agus bidh mòran com-pàirtichean bho na Fèisean san sgìre agam a' gabhail pàirt anns an Fhèis cuideachd.

Tha na Cèilidhean air Chuairt air a bhith an sàs ann an iomadach tachartas a bharrachd air na cuairtean àbhaisteach aca cuideachd, mar eisimpleir an Celtic Congress, am Fringe, agus Aberdeen International Youth Festival.

3.8 Leasachadh Blas – A' moladh na Gàidhealtachd

Tha mi fhathast a' dol gu coinneamhan Blas mar riochdaire na Fèisean agus bidh mi aig tòrr chonsairtean mar 'Blas Rep' air feadh an Fhèis am bliadhna seo.

Ainm	**Maria NicAonghais**
Dreuchd	**Oifigear Leasachaidh Loch Abar**

Gnìomh/Toradh

Adhartas

1.1 A' cumail oirnn a' toirt taic do agus a' leasachadh co-dhiù 40 Fèis fa leth, a' leudachadh nan

raointean anns a bheil iad an sàs agus a' stèidheachadh sàr dhòighean obrach (AC)
Tha mi tric a' cumail conaltradh ris na naoi Fèisean a tha mi a' cuideachadh. Thadhail mi air mòran dè na Fèisean agam tro mìosan an t-samhraidh agus tha mi a' toirt taic dhaibh mar a bhios iomchaidh

- Bha seachdain soirbheachail aig Fèis nan Garbh Chrìochan, a' crìochnachadh le fìor dheagh chèilidh air feasgar Dihaoine, le faireachdainn uamhasach nàbachd mu cuairt air.
- Bha còrr air 50 ag gabhail àite ann a Fèis Gleann Albainn, a chrìochnaich le frèam-streap agus sabaid-uisge air an latha mu dheireadh – tachartas chòrd ris a chlann agus na luchd-teagasg!
- Bha seachdain trang aig Fèis Lannraig a' Tuath, le oidhirp mhòr air Gàidhlig air a bhith a chleachdadh tron Fhèis aca. B e tachartas mòr a bha às an Cèilidh mu dheireadh aig an Fhèis, le cas anns an nòs ùr air a chuir ann, a chòrd gu mòr leis a chloinn.

Bha mi aig coinneamh den Bhuidheann Stiùiridh Fèisean Lochabair airson Fèis nan Deugairean a chuir air dòigh, a tha gabhail àite san Dàmhair 2011, 's tha mi an dòchas gum bi coinneamh agam a-rithist meadhan An t-Sultain airson cuisean a thoirt ri chèile ron Fhèis.

1.4 A' cumail oirnn le siùil taice ionmholta do dh'Fhèisean fa leth tro bhith a' togail air ar siostam le Oifigearan Leasachaidh, a bheir cothrom do dh'Fhèisean ionadail bruidhinn ri aon neach a dh'innseas mu sheirbheisean Fèisean nan Gàidheal (AC)
Tha mi tric a bruidhinn ri na Fèisean agam tro puist-d agus am fòn, a' dol gu coinneamhan a bhios aca agus a' cuideachadh na Fèisean gu pearsanta, mar a chiad ceangal aca ri Fèisean nan Gàidheal.

1.11 A' cur ri chèile agus a' sgaoileadh naidheachdan is fiosrachadh eile gu cunbhalach

Tha mi tric a cuir post-dealain chun na comataidhean agam, buidhnean ionadail a tha a sàs ann an obair na h-Ealain Gàidhlig agus na meadhanan le naidheachdan agus a' brosnachadh tachartasan. Bidh mi cuideachd a' cuir stuth air an làrach-linn aig Fèisean nan Gàidheal.

1.14 Na Fèisean ag obair còmhla
Tha Fèisean Lochabair (Fèis Lochabair, Fèis nan Garbh Chrìochan, Fèis Òigridh na Mara, Fèis Eige) air tighinn còmhla airson Fèis nan Deugairean a chuir air dòigh, a bhios a' gabhail àite ann an Àrd-Sgoil Loch Abar eadar 8 – 10 Dàmhair 2011. Tha an Fhèis dìreach airson deugairean ann a sgìre Loch Abar. Cuideachd, thàinig Fèisean Lochabair còmhla airson Cèilidh air Chuairt, le muinntir Loch Abar agus Earra-Ghàidheal a trèanadh còmhla aig Fèis Alba 's a Phloc.

1.16 Ag obair ann an co-bhonn ri buidhnean Gàidhlig eile, comhairlean ionadail, riochdairean coimhearsnachd agus Bòrd na Gàidhlig gus Iomairtean Gàidhlig a leudachadh agus prìomh amasan *Ginealach Ùr na Gàidhlig* a chur an gnìomh. (BnG)
Tha mi air a bhith aig coinneamhan Iomairt agus Comunn na Pàrant agus tha mi a' cur air dòigh gum bi bòrd aig an dà bhuidheann aig tachartasan Blas, far am bi iad ag àrdachadh an cànan. Tha mi an dòchas coinneamh a bhith agam ri Iomairt Lochabair agus Bòrd na Gàidhlig 's na seachdainean a tha romham, airson bruidhinn mu dheidhinn tachartas a bhith againn ann a Loch Abar airson pàrantan agus clan a tha ag iarraidh Gàidhlig a thogail, tro Fèis Lochabair. Tha mi cuideachd ag iarraidh bruidhinn mu dheidhinn litir-naidheachd/paipear, far am bi na sgoilearan 's a sgìre ga sgrìobhadh ann an Gàidhlig, 's ag obair còmhla ri Iomairt Lochabair.

2.1 A' dèanamh cinnteach gu bheil a' Ghàidhlig na pàirt cudromach do gach Fèis, a-rèir poileasaidh Gàidhlig Fhèisean nan Gàidheal (CnG)
Bidh mi a' coinneachadh ri Fèisean a dh'aithghearr gus planaichean Gàidhlig fa-leth a dhealbhadh do gach Fèis, a neartaicheas cleachdadh na Gàidhlig taobh a-staigh na tachartasan aca.

Tha mi air a bhith a bruidhinn ri Sabhal Mòr Ostaig mu dheidhinn an cùrsa Sgilean Sgriobhaidh aca, a tha air a dhèanamh air astar, air loidhne. Leasaichaidh seo a Ghàidhlig agam fhìn agus bheir e dhomh misneachd cuideachadh a thoirt dha na Fèisean le na Poileasaidhean Gàidhlig aca.

2.5 A' leasachadh Dràma Gàidhlig
Còmhla ri Dougie Beck, tha mi an dòchas buidheann Drama ann a Loch Abar a chuir ri chèile, a bhios a' coinneachadh gach cola-deug sa bhios fosgailte do dheugairean a tha fileanta 's a Ghàidhlig bho Àrd-Sgoil Loch Abar. Tha sinn an dòchas seo a thòiseachadh as dèidh saor-làithean na sgoile anns An Dàmhair.

2.13 A' frithealadh air Deugairean sna Fèisean
Tha Fèis nan Deugairean a gabhail àite anns An Dàmhair 2011 ann an Àrd-Sgoil Loch Abar agus sann dha

deugairean a-mhàin às sgìre Loch Abar a bhios e. Bidh an tachartas a ruith tharais air trì làithean agus tha goireasan siubhail air a chuir air dòigh airson sgoilearan Ath Atharrachail agus Malaig. Còmhla ri clasaichean ciùil traidiseanta, bidh clasaichean 's na meadhanan ri fhaighinn cuideachd. Bidh clasaichean air a ruith le sàr luchd-ciùil na Gàidhealtachd; Aonghas Binnie, Colla Dòmhnallach, Fionnlagh Wells, Ingrid NicEanraig, Raonaid Walker & Sìleas Nic-na-Ceardaich.

Ainm	**Jenna Mhoireasdan**
Dreuchd	**Oifigear Leasachaidh**

Gnìomh/Toradh

Adhartas

1.1 A' cumail oirnn a' toirt taic do agus a' leasachadh co-dhiù 40 Fèis fa leth, a' leudachadh nan raointean anns a bheil iad an sàs agus a' stèidheachadh sàr dhòighean obrach (AC)

On a' choinneamh mu dheireadh, tha sia Fèisean air gabhail àite anns na h-Eileanan an Iar agus ann an Stafainn. Am-bliadhna bha an àireamh de chom-pàirtichean nas àirde aig gach Fèis bhon uiridh agus shoirbhich le comataidh Fèis Thròndairnis agus iad a' cur air bhonn Fèis ùr an dèidh seachd bliadhna on Fhèis mu dheireadh.

Fèis Eilean na Hearadh, 4 – 8 Iuchar. Chomharraich iad 20 bliadhna den Fhèis le bufaid agus cèilidh dannsa ann an Talla choimhearsnachd a' bhaile le còrr is 150 ga fhrithealadh. Ghabh 65 neach pàirt anns an Fhèis a chaidh a chumail ann am Bun-sgoil Sir. E Scott san Tairbeirt. Thèid coinneamh bhliadhnail na buidhne a chumail air 22 Sultain.

Fèis Tìr an Eòrna, 4 – 8 Iuchar. Thàinig 80 air a' chiad latha den Fhèis a bha a' ruith mar as àbhaist ann an Sgoil Phaibil, Uibhist a Tuath. Mar phàirt de na tachartasan aca am-bliadhna chaidh madainn cofaidh a chumail airson pàrantan a bha a' sireadh barrachd fiosrachaidh mun Fhèis agus foghlaim troimh mheadhan na Gàidhlig. Chaidh suaidhcheantas ùr a chur air bhog leis an Fheis cuideachd le Hebridean Graphics.

Fèis Tir a' Mhurain, 10 – 15 Iuchar. Chaidh Fèis na bliadhnasa a chumail ann an Sgoil an Iochdar agus bha 93 òigear an làthair fad na seachdain. Chaidh a chur air bhog le Reis na Fèis far an robh aig daoine, sean is og, ruith timcheall baile Staoinibrig. Ghabh 56 pàirt air an latha agus le sùgh is briosgaidean air an tairgse an dèidh làimh. Bha ceòl air a' chluiche le Còmhlan Tìr a' Mhurain. Thèid a' choinneamh bhliadhna a chumail air 8 Dàmhair.

Fèis Bharraigh, 10 – 16 Iuchar. Chaidh measgachadh de thachartasan a thairgse ann am Barraigh mar phàirt den Fhèis, na measg, oidhche Buntàta 's Sgadan, cèilidh nan luchd-teagaisg anns a' chaisteal agus co-fharpais dannsa air Disathairne. Aig toiseachd na seachdain chaidh a' chiad chuirm den chuairt 'Pipes & Strings' a chumail cuideachd le cuid den luchd-ciùil agus dlùth cheangal aca ris an eilean. Ghabh 130 pàirt san Fhèis am-bliadhna.

Fèis Eilean an Fhraoich, 25 – 29 Iuchar. Fhuair compàirtichean raon farsaing de chlasaichean mar as àbhaist le deugairean a' faighinn cothrom Fèis eile a fhrithealadh gu sònraichte airson cloinn nas sine na 13 bliadhna a dh'aois. Thàinig 188 neach chun an Fhèis a bha air a chumail ann an Sgoil MhicNeacail. Chaidh Fèis na bliadhnasa a thoirt gu crìch leis a h-uile duine a' seinn Eilean Fraoich aig consairt na cloinne air oidhche Haoine.

Fèis Thròndairnis, 1 – 5 Lùnastal. Chaidh an Fhèis a chumail ann an Sgoil Stafainn agus talla choimhearsnachd a' bhaile le 40 a' gabhail pàirt fad na seachdain. Am measg nan clasaichean-ciùil a bha air an tabhann, fhuair compàirtichean air iomain, dràma agus dannsa a thaghadh cuideachd. Chaidh dannsaichean sabhal a chumail ann am Flòdaigearraidh, consairt na cloinne agus sealg-ionmhais air feasgar Dihaoine.

1.4 A' cumail oirnn le siùil taice ionmholta do dh'Fhèisean fa leth tro bhith a' togail air ar siostam le Oifigearan Leasachaidh, a bheir cothrom do dh'Fhèisean ionadail bruidhinn ri aon neach a dh'innseas mu sheirbheisean Fèisean nan Gàidheal (AC)

Anns na seachdainean a' ruith suas chun na Fèisean bha mi a' conaltradh le gach comataidh a' toirt seachad comhairle agus a' cur an gnìomh cuid de na seirbheisean a tha rim faotainn bho Fèisean nan Gàidheal. Thug mi cuideachadh dhaibh le bhith a' cur air dòigh innealan-ciùil agus còmhdhail, ag ùrachadh foirmean-iarrtais, cùmhnantan agus stuthan sanasachd, ag eadar-theangachadh agus a' cur fios gu luchd-teagaisg. Fhuair mi cothrom latha, aig a' char as lugha, a chur seachad aig na Fèisean ach Fèis Bharraigh leis gu robh pròiseact eile a ruith aig an aon àm.

Tha mi an-dràsta a' feuchainn ri coinneamhan a chur air bhonn le gach comataidh ron Nollaig airson bruidhinn air Fèisean na bliadhnasa. Mar phàirt dhen a' choinneamh seo bidh sinn cuideachd a' coimhead air Fèis na h-ath-bhliadhna agus a' beachdachadh air leasachaidhean ùra.

2.1 A' dèanamh cinnteach gu bheil a' Ghàidhlig na pàirt cudromach do gach Fèis, a-rèir poileasaidh Gàidhlig Fhèisean nan Gàidheal (CnG)

Nuair a bha mi a' tadhal air na Fèisean bha cleachdadh na Gaidhlig follaiseach taobh a-staigh nan sgoiltean le cuid de na Fèisean nas adhartaiche na Fèisean eile. Bha Gàidhlig air a' bhruidhinn leis a' mhòr-chuid ,ach saoilidh mi gun urrainn dhuinn barrachd obair a' dhèanamh airson buill nan comataidhean aig nach eil Gàidhlig a chuideachadh neo dhan fheadhainn aig a bheil Gàidhlig ach chan eil iad ga bhruidhinn. Bha cuid de na Fèisean a' cur air Radio nan Gàidheal agus CDs aig àm lòn cuideachd.

2.4 Barrachd Fhèisean tro mheadhan na Gàidhlig agus cothroman do phàrantan a bhith ag obrachadh còmhla ris an cuid chloinne ann an Gàidhlig.

Tha Fèis Thròndairnis air aontachadh an Fhèis a ruith tro mheadhan na Gaidhlig a-mhàin, a' fastadh luchd-teagaisg Gàidhlig agus a' bruidhinn Gàidhlig aig amanan plèidh, anns na clasaichean agus aig cuirmean-ciùil. Fhuair comataidh na Fèise brosnachadh aig deireadh an t-seachdain le tè a ghabh pàirt ann am Fèis airson a' chiad uair a-riamh. Chaidh innse dhaibh cho math sa chòrd an t-seachdain rithe agus ged nach robh facal Gàidhlig aice chòrd e rithe a bhith ag ionnsachadh òrain Gàidhlig.

2.6 Ann am compàirt ri Fèisean, agus le maoin bho LEADER, a' leantainn le taic do Chuairtean Cèilidh (AC)

Chaidh Ceilear a tha fo rianachd Fèis an Earraich air adhart am-bliadhna fo stiùir Murchadh Camshron, com-pàirtiche caithte à Gleann Eilg. Ghabh a' bhuidheann pàirt ann am Fèis Alba eadar 4 – 8 Iuchar mar cothrom trèanaidh ron a' chuairt. Chuir ochdnar seachad 15 làithean a' siubhal air feadh na eilean a' cluiche 26 cuirmean uile gu lèir le seòlaidhean eadar Ùige – Tairbeart agus Armadal agus Malaig nam measg. Bidh Ceilear rin cluinntinn aig Blas air 10 & 17 Sultain.

2.7 A' co-òrdanachadh co-dhiù sia pròiseactan dualchais ionadail le muinntir Fèis na sgìre air an ceann, agus seo a' toirt dhuinn stòrais air-loidhne a bhios an-asgaidh (InG).

Tha Fèis Bharraigh air maoineachadh a shireadh bho Bòrd na Gàidhlig airson pròiseact Thasglann a chur air bhonn air an eilean ann an co-bhonn ri Cobhair Bharraigh. Tha eòlas aig Cobhair Bharraigh ann a' bhith a' cur gnìomh pròiseactan rannsachaidh air bhonn ann an Cobhair Bharraigh fhèin. Ach, thèid a' phròiseact ùr a leudachadh a-mach agus iad an dòchas gum faigh daoine bhon a' choimhearsnachd an-sàs ann cuideachd. Chaidh bileag-fiosrachaidh ullachadh le Calum McConnell, oileanach a bha ag obair còmhla ruinn mar phàirt den sgeama greis gniomhachais. Chaidh a' bhileag a sgaoileadh seachdain na Fèise.

2.13 A' cumail taic ri tachartasan airson deugairean

Chaidh Fèis nan Deugairean a chumail le Fèis Eilean an Fhraoich airson a' ceithreamh bliadhna anns an t-Iuchar le 13 a' gabhail pàirt. Bha clàr-ama ùr air a thairgse a toirt dhaibh an cothrom barrachd obair-bhuidhne a choileanadh tron t-seachdain. Fhuair compàirtichean air obair stèidse, òrain Gàidhlig agus sgilean teagaisg a chur an gnìomh cuideachd rè na Fèise. Tha Fèis Tir an Eorna a' beachdachadh air tachartas ùr a chur air bhonn aig àm na Fèise airson deugairean a ghlèidheadh neo a tharraing air ais chun an Fhèis.

Tha Fèis Eilean an Fhraoich an dòchas clàr ùr Oidhche Chiadain a chur air bhog an ath-mhìos rè seachdain a' Mhòd. 'S e 'Ciaradh' ainm a' chlàr agus tha sia orain agus sia seataichean a-nochdadh air.

3.6 A' togail air ìomhaigh nam Fèisean le tachartasan a nì sanasachd air ar n-obair agus tro chothroman eile mar a nochdas iad. (AC)

Tha Fèis Cheilteach Innse Gall dèidheil air cothroman taisbeanaidh a thabhann do mhuinntir nam Fèisean anns na h-Eileanan an Iar agus am bliadhna fhuair Còmhlan Tir a' Mhurain fiathachadh cluiche mar phàirt dhen a' chiad chuirm den Fhèis am-bliadhna. Chaidh a chumail air feasgar Diciadain anns an Lanntair. Mar phàirt den turas aca fhuair ochdnar air fuireach ann an Steòrnabhagh airson 4 oidhcheanan a toirt dhaibh an cothrom na cuirmean mòra fhaicinn air oidhche Dhiardaoin agus Dihaoine anns an teant ghorm, coinneachadh ris a' chomhlan ùr Mànran agus cluiche beò air Radio nan Gaidheal agus ro-chlàraidhean airson Aileag agus Isles FM. Chaidh maoineachadh a shireadh bho Eileanan na h-Alba, Bòrd na Gàidhlig agus Comhairle nan Eilean Siar.

Ainm	**Christine Nic an t-Saoir**
Dreuchd	**Oifigear Leasachaidh**

Gnìomh/Toradh

Adhartas

1.1 A' cumail oirnn a' toirt taic do agus a' leasachadh co-dhiù 40 Fèis fa leth, a' leudachadh nan

raointean anns a bheil iad an sàs agus a' stèidheachadh sàr dhòighean obrach (AC)
An t-Òg mhìos: Deireadh seachdain trèanaidh dhan a' Chèilidh air Chuairt ann am Baile Chaolais
An t-Iuchar: 7mh coinneamh ann an Glaschu còmhla ri Oifigear Leasachaidh Lochabair
11mh - 15mh Feis Thiriodh
25mh – 29mh Feis Àrainn
An Lùnastal: 1d – 13mh Cuairt chèilidh Earra-Ghàidheal
Cuideachadh Feis Òigridh Ìle le Pròiseact nam Bàrd
Cuideachadh ann an co-bhanntachd de gnìomhachas Stramash airson Feis Latharna & Dùn Omhain
Cuideachadh a' cur air dòigh pròiseact Gàidhlig ann an sgoiltean Mhuile

1.1 A' cumail a' dol le seirbheisean agus pròiseactan a lìbhrigeadh aig àrd ìre, le deagh stiùireadh agus deagh chleachdadh ann am modhan-obrach na buidhne
Cuideachadh na fèisean gus na poileasaidhean Gàidhlig ùrachadh nas tràithe sa Bhliadhna. Tha mi air a bhith cumail fiosrachadh chun na Fèisean a thaobh atharraichidhean dìon chloinne agus poileasaidh a thaobh seo agus leasachaidhean Gàidhlig.

1.3 Tabhartasan taice do dh'Fhèisean ann an sgìre Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid
A' dèanamh cinnteach gu bheil gu leòr cuideachadh aig fèisean Earra-Ghàidheal bhon chomhairle Sgìre Earra-Ghàidheal is Bhòid agus dùil barrachd taic fhaighinn bhon Chomhairle.

1.4 A' cumail oirnn le siùil taice ionmholta do dh'Fhèisean fa leth tro bhith a' togail air ar siostam le Oifigearan Leasachaidh, a bheir cothrom do dh'Fhèisean ionadail bruidhinn ri aon neach a dh'innseas mu sheirbheisean Fèisean nan Gàidheal (AC)
Tha mi an còmhnaidh a cuir fios gu fèisean Earra-Ghàidheal tro post-dealain, fòn mu leasachaidhean agus tha mi gu tric a' tadhal air na coinneamhan bhliadhnail na Fèisean cuideachd.

1.4 A' cruthachadh phoileasaidhean a tha cho furasta 's as urrainn do luchd-obrach saor-thoileach a lìbhrigeadh.
Tha mi an còmhnaidh a' cumail còmhraidhean le na Fèisean gus mìneachadh na poileasaidhean ùra agus a' cumail inntinn na saor-thagraiche a' dol, tha seo cudromach o chionns uaireannan tha cuid de dhaoine a' tarraing air ais nuair a chluinneas iad na naidheachdan agus iad cuir dheth bho bhith ag obair le clann. Tha mi daonnan a brosnachadh na fèisean airson a dhol dhan Fèis trèanaidh.

1.4 A' leantainn oirnn leis an sgeama airson Uairean Bliadhnail.
Tha mi ag obair gu dlùth ris na fèisean gu lèir agam aig am bheil uairean bhliadhnail agus feuchainn ri brosnachadh na fèisean eile seo a leantainn.

1.11 A' cur ri chèile agus a' sgaoileadh naidheachdan is fiosrachadh eile gu cunbhalach
Bidh mi cuir a-mach fiosrachadh as ùra chun a h-uile fèis ann an Earra-Ghàidheal tro post-dealain is litrichean-naidheachd. Bidh mi a sgrìobhadh artaigealan airson Faileas agus ag ùrachadh fiosrachadh air làrach-lìn na buidhne. Bidh mi a' sgaoileadh fiosrachaidh do na fèisean a thaobh cothroman maoineachaidh mar a bhios iomchaidh.

1.13 A' cumail oirnn a' toirt taic do phròiseactan Fèis
Far a 's urrainn dhomh bi mi toirt taic do pròiseactan fèise agus a cuir nan inntinn pròiseactan ùra agus a cuideachadh aig gach ìre. Tha mi an teis-mheadhain a bhith ag obair le Fèis Àrainn, Dhùn Omhain, Dhùn Bhreatainn, Ìle agus Muile.

1.16 Ag obair ann an co-bhonn ri buidhnean Gàidhlig eile, comhairlean ionadail, riochdairean coimhearsnachd agus Bòrd na Gàidhlig gus Iomairtean Gàidhlig a leudachadh agus prìomh amasan *Ginealach Ùr na Gàidhlig* a chur an gnìomh. (BnG)
Ann an Earra-Ghàidheal tha Fèis Òigridh Ìle, CNAG agus ICCI a tighinn còmhla gus leasachaidhean ùra inntinneach a chuir an gnìomh ann an Ìle agus Diùra agus tha mi a' cumail coinneamhan cunbhalach le Fèis Òigridh Ìle gus air drama agus òrain Ghàidhlig a thoirt a-steach air Pròiseact Nam Bàird Ìleach.

1.17 Ann an co-bhuinn ri Alba Chruthachail, Iomairt na Gàidhealtachd 's nan Eilean agus Bòrd na Gàidhlig, bidh FnG a' leantainn orra a' cur gu mòr ri leasachadh ceòl traidiseanta agus nan ealain Gàidhlig ann an Alba
Chaidh Ceilidh air Chuairt Earra-Ghàidheal a chumail airson an darna bliadhna 's bha e air leth soirbheachail agus tha e math gu bheil a-nis stèidhichte. Lorg mi barrachd airgead bhon maoin nan Eileanan Albannach, 's air sgath seo bha e comasach dhaibh tadhal air Tiriodh, Colla agus Eilean Ì. Tha sùil agam a-nis air cuairt na h-ath-

bhliadhna

1.20 An Làrach-lìn agus TFC

Bidh mi a' cumail fiosrachadh às ùra air duilleag-lìon Fèisean nan Gàidheal agus gu tric a sgrìobhadh aithrisean airson Faileas.

2.1 Dèanamh Cinnteach gu bheil Gàidhlig na slàn pàirt de na Fèisean gu lèir, a leantainn poileasaidh Fèisean nan Gàidheal.

Tha na Fèisean air a h-uile plana Gàidhlig ùrachadh am bliadhna seo agus tha mi a' dèanamh oidhirp a bhith cinnteach gu bheil a h-uile fèis a' cleachdadh nas urrainn dhaibh anns gach nì anns a bheil iad an sàs. Bidh mi cuideachd a brosnachadh luchd-teagaisg gus clasaichean Gàidhlig a ghabhail, tha mi an-dràsta a' feuchainn ri cùrsa Ulpan ri fhaighinn an ath bhliadhna dhaibh.

2.2 A cumail a dol le poileasaidh Fèisean nan Ghàidheal tro seirbhis ri fhaighinn tro luchd obrach agus pròiseactan sònraichte

Am bliadhna tha Fèisean Earra-Ghàidheal a dèanamh oidhirp mhòr an ìre de Ghàidhlig a tha ri chleachdadh taobh a-staigh na Fèisean a leasachadh m.e. Tha Fèis Latharna agus Fèis Dhùn Omhain air cur-seachadan air an taobh a-muigh a chuir air dòigh tro mheadhan a' Ghàidhlig G 's tha Fèis Thiriodh, Fèis Àrainn agus Fèis Cholla air cur-seachadan Gàidhlig a chuir air dòigh.

2.3 Measadh cunbhalach ga dhèanamh air adhartas mu choinneamh poileasaidh Gàidhlig na buidhne a chur an gnìomh. (BnG)

Tha Fèisean Earra-Ghàidheal air a bhith brosnachadh cleachdadh na Gàidhlig le na luchd-teagaisg aca, co-dhiù abairtean is faclan sìmplidh. Bidh mi cuideachd a brosnachadh luchd-teagaisg rud beag Gàidhlig fheuchainn nuair a bhios mi an làthair aig tachartasan.

2.4 Cuir air dòigh fèisean Gàidhlig airson teaghlaichean gus Gàidhlig a dhèanamh nas làidir.

Am bliadhna sa tha dùil aig Fèis Dhùn Omhain cur-seachadan a thoirt a-steach airson pàrantan. Tha mi coimhead airson bùthan-obrach a chuir air dòigh a bhiodh tarraing pàrantan fhad 's a tha a chlann aca a gabhail pàirt ann an clasaichean fèisean eile.

2.6 Ann an compàirt ri Feisean, agus le maoin bh LEADER, a' leantainn le taic do Chuairtean Ceilidh

A-nis anns an darna bhliadhna, tha Ceilidh air Chuairt Earra-Gàidheal air fàs gu ochd com-pàirtichean agus thadhal iad air trì eileanan ùra am bliadhna. Chaidh mi gu tòrr dha na cèilidhean a' rinn iad am bliadhna agus tha mi an-dràsta ag obair air clàr beag a dhèanamh dhaibh.

2.13 A' cumail taic ri tachartasan airson deugairean

Tha mi air a bhith ag obair gu dlùth leis a bhuidheann Stramash gus feuchainn air barrachd gnìomhan spòrsail a chuir air dòigh tro mheadhan a' Ghàidhlig m.e. Am bliadhna chuir Fèis Latharna air dòigh orienteering, curachanachd agus gnìomhachasan eile san uisge. Tha Fèis Ceann Loch Goibhle a' coimhead air deireadh seachdain Outward bound/ cèol a tha iad a dèanamh dha bun-sgoilearan a dhèanamh dha deugairean cho luath 's gun tig piseach air suidheachadh na h-eaconamaidh.

Fèisean nan Gàidheal

Aithisg Bhliadhnail 2011

Àireamh air a' Chlàr Chùisean: 3.2011.05(b)

Bun Fhiosrachadh

Thèid Aithisg Bhliadhnail Fèisean nan Gàidheal a sgaoileadh tro phost-d air thoiseach air coinneamh a' Bhùird agus bidh lethbhreacan rim faotainn aig a' choinneimh.

Gnìomh a dhìth

Bithear ag iarraidh air buill a' Bhùird fa-near a thoirt don fhiosrachadh san Aithisg Bhliadhnail agus aonta a thoirt rithe air thoiseach air a' Choinneamh Bhliadhnail.

Art MacCarmaig
Ceannard
Sultain 2011

Fèisean nan Gàidheal

Clàr-ama na Coinneamh Bhliadhnail agus Co-labhairt

Àireamh air a' Chlàr Chùisean: 3.2011.05(c)

Bun Fhiosrachadh
Seo pròg ram airson na Coinneamh Bhliadhnail agus a' Cho-labhairt.

Dihaoine 23 Sultain
Friday 23 September

13.00 Lòn
13.00 Lunch

14.00 Coinneamh den Bhòrd-Stiùiridh
14.00 Meeting of Board of Directors

15.00 Tì/Cofaidh
13.00 Tea/Coffee

18.30 A' Choinneamh Bhliadhnail
18.30 Annual General Meeting

19.15 Deoch ro-dhìnneir agus ceòl bho Cuairt Chèilidh Fèis Fhoirt
19.15 Pre-dinner drinks and entertainment by Fèis Fhoirt Cèilidh Trailers

20.00 Dìnneir agus Cèilidh
20.00 Dinner and Cèilidh

Disathairne 24 Sultain
Saturday 24 September

10.00 Poileasaidh Gàidhlig Fèisean nan Gàidheal
10.00 Fèisean nan Gàidheal's Gaelic Policy

10.45 Tobar an Dualchais: Mairead Dhòmhnallach
Tobar an Dualchais: Mairead MacDonald

11.30 Tì/Cofaidh
11.30 Tea/Coffee

12.00 Alasdair Allan, BPA
12.00 Alasdair Allan, MSP

13.00 Lòn
13.00 Lunch

Gnìomh a dhìth
Thathar ag iarraidh air buill a' Bhùird fa-near a thoirt don fhiosrachadh mun phròg ram.

Anne Willoughby
Manaidsear Gnìomha
Sultain 2011

Fèisean nan Gàidheal
Taigh a' Mhill
Port-Rìgh
An t-Eilean Sgitheanach
IV51 9BZ

Fòn 01478 613355
Facs 01478 613399
Post-d brath@feisean.org
www.feisean.org